

Eaglais Shàor na h-Alba.

IOMRADH*

LE

BUIDHINN-SHÒNRAICHTE† EAGLAIS SAOIRE NA H-ALBA
A THAOBH AONADH RI EAGLAISIBH EILE.

AN CEITEAN, 1869.

THA sé bliadhna nis air dol seachad o chomharraicheadh a' Bhuidh-cann-shònraichte so leis an Ard-sheanadh. Leis a' chomharraichadh ud thugadh "ùghdarras do 'n Bhuidhinn co-lahhairt a bhì aca ris a' Bhuidhinn-shònraichte a chomharraicheadh le Seanadh na h-Eaglais Aonaichte Preshiteireich, agus le buidhnibh a dh' fhaodadh bhì air an comharraichadh le Eaglaisihh eile a dh' ainmicheadh no a hha 's an amharc anns na h-iarrtusaihh-sgrìohhta‡ a bha rompa," leis an d'thugadh a' cheisd mu aonadh ri carrainnibh eile de 'n Eaglais Phreshiteireich fa chomhair an Ard-sheanaidh. A réir an ùghdarrais so a fhuair iad, bha a' Bhuidheann-shònraichte toileach, air dhoibh bhì a' faotainn tairgse o 'n Eaglais Ath-leasaichte Phresbiterieich, agus o 'n Eaglais Phreshiteireich Shasunn-aich de dhòl a stigh anns a' cho-lahhairt, an gabhail a stigh mar a dh' iarr iad. An sin, thòisich Buidheann-shònraichte na h-Eaglais Saoire, agus lean iad o sin a mach, air co-lahhairt dùrachdach a bhì aca ri Buidhnibh-shònraichte nan trì Eaglaisean ud, mu na puineihh cudthromach a bha aca ri rannsachadh agus ri cothromachadh, le sùil ri crìch mhòir an Aonaidh—ni 's an do lean an t-Ard-sheanadh riamh air "mòr thlachd a ghabhail." Anns na h-ìomraidhih a thugadh gu riaghailteach gach hliadhna, thug a' Bhuidheann-shònraichte oidheirp air fios a thoirt do 'n Eaglais air nàdur agus toradh an saothrach. B'è an ceud ionnsuidh a hhi 'g ullachadh Clàir-seòlaidh|| a ghabhadh a stigh ann na puincean uile a bha r' an rannsachadh agus r' an cothromachadh; agus o dh' ullaicheadh an Clàr-seòlaidh sin 's a' cheud thoiseach, cha do thairgeadh aon ni a chur ris le aon de na h-Eaglaisibh a bha 's a' cho-lahhairt. Dh' aidich gach aon diuhh gu 'n rohh na h-uile puine air a gabhail a stigh ann.

Aig an Ard-sheanadh 's a' bhliadhna 1866, hha a' Bhuidheann-shònraichte comasach mu dheireadh air ìomradh a dheanamh, a ghabh a stigh uile Chinn a' Chlàir-seòlaidh, agus a nochd an co-dhùnadh gus an d'thàinig a' Bhuidheann do 'n taohh air leth. Mar a rinneadh an t-ìomradh an sin cha robh na co-dhùnaidhean air an ath-rannsachadh, agus bha iad air an eur an céill, le làn fhios, ann an suidheachadh neo-choimh-lionta; air do 'n Bhuidhinn hhi iarrtuinneach, mu 'n rachadh iad na b'fhaide, fios a thabhairt do Chlèiribh na h-eaglais air na rinn iad, agus

* Report.

† Committee.

‡ Overtures.

|| A Programme.

comhairle fhaotainn uatha-san, na 'm b'àill leo, mu phuine air bith de na bha 's a' cho-labhairt. Mar thoradh air sud thàinig fiosan 'us comhairlean o'n chuid mhòir de na Cléiribh a dh' ionnsuidh na Buidhne air a' bhliadhna ud, agus chuireadh iad sin fa chomhair an Ard-sheanaidh ann an Leasachadh-sgrìobhaidh* a lean Iomradh na Buidhne 's a' bhliadhna 1867. Mu thoiseach na bliadhna sin thòisich iad air ath-rannsachadh mu na nithibh a thaobh an d'thàinig iad gu co-dhùnadh, le beachdaibh nam braithrean anns na Cléiribh aca fo 'n sùil, agus lean iad air adhart mar sin gus an àm so. Thàinig iad cho fad air an adhart leis an obair so, a' bhliadhna gus an àm-sa, 'us gu'n d'thubhairt iad ris an Ard-sheanadh an sin, gu'm fòghnadh bliadhna eile, a réir am barail-san, chum Buidhnean-shònraichte nan eaglaisean uile a bha 's a' cho-labhairt, a thoirt gus an ath-rannsachadh a bh' aca air cinn a' Chlàir-seòlaidh a dh' fhàg iad, a chrìochnachadh; agus, mar an ceudna, chum ath-rannsachadh cùramach a dheanamh air an iomlan. Is abhar taitneis leo gu'n d'fhuaireadh a thaobh sin mar a dh' earb iad.

Gheibhear anns an iomradh a tha nis'g a thoirt seachad, toradh saothrach na Buidhne a thaobh gach puine a ghabhadh a stigh 's a' Chlàr-seòlaidh. Ann a bhi 'cur a' phaipeir chudthromaich so air beulaobh an Ard-sheanaidh, bhithheadh e iomchuidh beagan de nithibh a ràdh chum mineachadh air mar a cho-dhùin Buidheann Cho-cheangailte † nan Eaglaisean air cinn a' Chlàir-seòlaidh, mar a gheibhear a nis e.

AN CEUD CHEANN.—*Cho fad 's a tha na h-eaglaisean a' còrdadh mu'n àit' a bhùineas do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil an co-cheangal ris a' chreidimh, agus ri eaglais Chrìosd.*

Anns na h-ìomraidhibh a thugadh roimhe, chaidh trì roinnean a dheanamh de na codhùnaidhibh gus an d'thàinig a' Bhuidheann air a' Cheann so,— 1. “Nithean mu'm bheil còrdadh ann;” 2. “Nithean mu'm bheil dealachadh beachd' ann;” 3. “Teistean a thaobh dàimh nan eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, ris an eaglais a tha, aig an àm, stéidhichte ann an Alba.”

Anns an Iomradh so, tha an t-ìomlan air a ghabhail a stigh fo dhà Cheann, eadhon,—1. “Beachdan mu'm bheil na h-eaglaisean a dh'aon inntinn;” agus, 2. “Cunntas mu na stéidh-bheachdan † ud bhi air an cur an cleachdadh, agus a' bhuidhne a bhùineadh bhi aca air dleasdanan nan eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, aig an àm. Tha an ceud aon de na cinn ud a' filleadh ann ach beag na bha 's na “nithibh mu'n robh còrdadh ann” anns na h-ìomraidhibh roimhe so. Shaoil leis a' Bhuidhinn-shònraichte gur e an t-ainm a th' ann a nis a b'fhearr a nochdadh gu'n robh na nithean mu'n robh còrdadh eadar na h-eaglaisean, 'n an nithibh mu'n robh iad uile gu h-ìomlan a dh' aon inntinn. Bhithheadh e iomchuidh mar an ceudna aire a thoirt, anns na tha r'a ràdh mu cho-dhùnadh na Buidhne fo'n cheud Cheann de'n Chlàr-seòlaidh, gu 'n robh ceisd air a cur le ball de Bhuidhinn-shònraichte na h-Eaglais Saoire a thaobh na bha r'a thuigsinn leis na focail “Creidimh Chrìosd” agus “an Eaglais,” mar a gheibhear an sin iad; agus gur e a chaidh a ràdh mar fhreagradh do sin, le aonta na Buidhne gu lèir, gu'n robh na focail ud air an cleachdadh “anns an t-seadh anns am bheil iad air an cleachdadh ann an Leabhar-aideachaidh a' chreidimh a th' aig na h-Eaglaisibh uile,” a tha 's a' cho-labhairt. A thuilleadh air sin, gu'n do chuireadh ceisd eile leis an aon neach, agus gu'n do fhreagradh i leis an aonach cheudna, ag ràdh “gu'm buin do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil

* Appendix.

† Joint Committee.

‡ Principles.

iomadh ni a dheanamh air son fìor Eaglais Chrìosd nach buineadh dha a dheanamh airson comuinn aideachail air bith eile." Gheibhear na ceisdean sin agus na freagraidhean doibh air fad a' leantuinn nan co-dhùnaidhean fo Cheud Cheann a' Chlàir-seòlaidh.

Tha an dara roinn de na co-dhùnaidhibh fo'n Cheud Cheann de'n Chlàr-seòlaidh air a cur a mach airson na ceud uaire. Tha an roinn sin 'n a h-aobhar airson nach éigin na cuibhriannan a chumail 's an iomradh-sa a bha 's na h-ìomraidhibh roimhe fo na h-ainmibh, "Nithean mu'n robh dealachadh beachd' ann," agus "Teistean a thaobh dàimh nan eaglaiséan a tha 's a' cho-labhairt ris an eaglais a tha, aig an àm, stéidhichte ann an Alba." Is e a 's crìoch do'n roinn-sa, mar a chithear uaipe féin, a bhi 'leigeadh ris gu h-aithghearr beachdan na h-Eaglais ath-leasaichte ann an Alba mu dhleasdanas na Rìoghachd do'n chreidimh, agus do'n Eaglais; agus an sin a bhi 'nochdadh, mar eachdraidh, cìod am bonn, agus cìod an suidheachadh anns an do dhealaidh na h-eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt ris an Rìoghachd aimsireil, agus cìod iad na beachdan a th'aca nis, no a tha coitcheonn 'n am measg, a thaobh na ceisde sin; agus mu dheireadh, a bhi 'taisbeanadh mar a bhuineas na nithean a tha air an iomradh an sin, agus na barailean orra, ri dleasdanas nan eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, aig an àm. Ann am buntuinn ris an ni mu dheireadh so, tha an Cunntas a' toirt fainear gur ann o'n aon fhreumh a thàinig na h-eaglaisean ud uile mach; gu bheil iad mar aon, air bonn na firinn, air dealachadh ris an Rìoghachd aimsireil; agus gur lionmhor na puincean a thaobh dleasdanas na h-Eaglais agus na Rìoghachd d'a cheile, mu'm bheil iad de 'n aon bheachd,—mar nithean a tha 'nochdadh gur cubhaidh dhoibh bhi air an aonadh r'a chéile, ma gheibh iad tighinn gu aon bheachd air puincibh eile mu'm bheil iad a' co-labhairt aig an àm. Tha an Cunntas a' crìochnachadh leis na briathraibh cudthromach so:—"Ma 's e 'us gu'm faigh na h-eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt mu aonadh r'a chéile, a thaobh Ceud Cheann a' Chlàir-seòlaidh, gu bheil an t-slighe gu aonadh a nis rèidh, is éigin gu'm bi sin air a ghabhail le làn thuigse gu'm bi e "mar dhleasdanas do'n Eaglais Aonaichte amhare agus breth a thoirt air na h-uile ceisd a dh' fhaodas éiridh, fo làimh Freasdail Dhé, a thaobh mar a bhuineas e do'n Eaglais i féin a riaghladh an déigh so ann an co-cheangal ris na dearbh phuincibh ud a tha 'measg làimh, agus gu'm bi luchd-dreuchd agus buill anns na h-Eaglaisibh air fad saor chum leantuinn ris na beachdaibh a bh'aca roimhe so, mu dhleasdanas na h-Eaglais no na Rìoghachd do rìoghachd fhollaisich Chrìosd air an talamh."

AN DARA CEANN.—*Puincean-teagaisg air bith eile mu'm faod e Uhi freagarrach, gu'm bitheadh inntinn gach a chéile air a tuigsinn.*

Anns a' cho-dhùnadh air a' Cheann-sa, mar a gheibhear 's an Iomradh so e, tha a' Bhuidheann-shònraichte a' toiseachadh le bhi 'toirt aire do chaochladh dòighean air am faodadh iad buntuinn ris an ni mhòr a th' ann; agus a' leigeadh ris an t-aobhar airson an do ghabh iad an dòigh sin a gheibhear iad a' leantuinn. A réir na dòigh sin, dh' amhaire iad air na h-earrainnibh 's an Leabhar-aideachaidh mu'n d'éirich ceisd, gu h-àraidh a thaobh puince na Rèite,* agus teagasgan ann an co-cheangal rithe. A thaobh nan teagasgan sin, bha mòran co-labhairt aca r'a chéile, le sùil làn-fhosgailte air gach deasboireachd a bha 's an eaglais mu 'n déighinn, araon o shean agus 's an linn so fhéin, 's an tìr so agus an tìribh eile. Agus thàinig

* The Atonement.

iad gu bhi de 'n bharrail, air dhoibh beachdan nam bràithrean anns gach eaglais air leth a choimcas r'a chèile, gu'm b'fharr a leigeadh iad ris an co-dhùnadh gus an d' thàinig iad le bhi 'g a chur sìos 's an teistean dhà-fhillte a leanas.

"1. Gu bheil a' Bhuidheann-shònrachta làn dhearbhta gu bheil na h-eaglaisean air leth a' gabhail Leabhar-aideachaidh a' chreidimh, agus ag iarraidh ainmean ris air fad, leis an aon inntinn threibhdhreach."

"2. A thaobh nan earrainnean a tha air an toirt air adhart an déigh so—na h-aon earrainnean mu'm b'urraim, a réir coslais, eadar-dhealachadh beachda 'bhi anu—fhuir a' Bhuidheann-shònrachta, air dhoibh co-labhairt fada, geur-rannsachail, bhi aca, gu bheil na h-eaglaisean so, le 'n uile chridhe, de 'n aon hreachd a thaobh na tha an Leabhar-aideachaidh a' nochdadh mu theagasgaibh Focail Dhé."

A thuilleadh air sin, agus chum am bonn air an d'ràinig iad air a' cho-dhùnadh ud a leigeadh ris, dh' aontaich a' Bhuidheann-shònrachta am mineachadh a leanas a dheanamh, agus a chur sìos air thoiseach air na h-earrainnibh a thugadh á Leabhar-aideachaidh a' chreidimh, agus á Leabhar Farsuinn nan ceisd, air an robh an co-labhairt:—

"Thàinig e gu bhi soilleir, anns a' cho-labhairt so, cia b'e an doirbheachd a dh'fhaodadh éiridh o dheasboireachd gun aobhar, no o nithibh àraidh a fhuair e aig cuid a dhaoineibh air leth, gu'm b'e dian-iarrtus nan eaglaisean uile, mar a bheir an eachdraidh fianuis, a bhi 'cumail suas teagasg Chalbhin; air an aon làimh, a 'cur an aghaidh mhearachdan nam Pelagianach agus nan Arminianach; agus air an làimh eile a' nochdadh beò-thogradh an déigh soisgeul saor a dheanamh aithnichte, agus Criosd agus a shochairan a thairgseadh do pheacaich de'n chinne-dhaoine gu léir. Gu h-àraidh a thaobh farsuinneachd na rèite, air dhoibh beachdan a chèile a chluinntinn gu mion, rinneadh soilleir e gu bheil an dòigh labhairt air a' phuine sin a tha air a cleachdadh anns na caochladh eaglaisibh, a mhàin 'n a dòigh air an fhirinn, a tha air a h-aideachadh leis na h-eaglaisibh gu léir, a leigeadh ris; gu bheil obair-réite Chriosd na 's leòr airson nan uile dhaoine, freagarrach do chor nan uile dhaoine, agus gu bheil na sochairan a tha 'g a leantuinn air an tairgseadh gu saor do gach neach a dh' ionnsuidh am bheil an soisgeul a' tighinn."

AN TREAS CEANN.—*An Riaghailt-teagaisg ann an Oil-thighibh nam minisdearan, agus oilean agus dòigh fosglaidh-beil* fhoghlumach, agus riaghailtean a thaobh luchd-searmonachaidh nach do shuidhicheadh ann an co-thional.*

AN CEATHRAMH CEANN.—*An dòigh-taghaidh air luchd-dreuchd, riaghailt-suidheachaidh Cùrtean na h-eaglais, agus an dàimh r'a chèile, agus dòigh toirt air adhart gnothwichean na h-eaglais.*

Cha d'rinneadh atharrachadh air aon ni a chaidh ainmeachadh roimhe fo 'n dà cheann-sa de 'n Chlàr-seòlaidh.

AN CUIGEAMH CEANN.—*Lagh agus cleachdadh nan eaglaisean a thaobh aoraidh fhollaisich.*

Fo'n cheann-sa, bha so 'air iomradh roimhe a thaobh co-dhùnadh na Buidhne:—"Tha iad uile de 'n aon bheachd air a' phuine so, gu 'm buineadh, ann an nithibh nach 'eil a chum tèarnaidh, do'n aoin riaghailt bhi air a leantuinn ann an aoradh Dhé, agus do shlighibh roinneach bhi air an seachnadh, a réir mar a gheall minisdearan agus scanairan, an uair a chuireadh air leth iad, anns na ceithir eaglaisibh."

* Licensing.

An àite nam briathran ud, chuireadh sìos mar a leanas:—"Tha iad uile mar an ceudna ag aontachadh ris a' phuinc-sa, ged nach 'eil i chum tearnaidh, gu 'm buineadh do aon dòigh aoraidh air fad bhi air a leantuinn, agus do shlighibh roinneach bhi air an seachnadh, a réir gcallaidh mhinisdearan agus sheanaircau aig àm an cur air leth, anns na ceithir eaglaisibh, cho fada 's a chi an Eaglais gu bheil sin a chum eideachaidh spioradail."

Cha-n 'eil atharrachadh cudthromach ach sin air a' cho-dhùnadh-sa.

AN SEATHAMH CEANN.—*Meud an eadar-dhealachaidh beachd' a tha am measg nan eaglaisean a thaobh fòghlum na h-dìge, agus mu'n Eaglais a bhi 'gabhail airgid na Rìoghachd airson a sgoilean.*

Cha d' rinneadh iomradh air co-dhùnadh riaghailteach fo 'n cheann so gus a nis. Tha e a' fillleadh ann a leithid a chainnt 's a leanas:—"Gur i barail nan eaglaisean gu léir gu 'm buineadh do theagasg na h-dìge bhi air a stéidheadh air focal Dhé, agus gu 'm buineadh do 'n fhìrinn a thaobh creidimh agus clachdaidh a gheibhear anns an fhocal sin bhi air a sparradh orra gu teann; gu 'm bheil eadar-dhealachadh beachd' ann am measg nan Eaglaisean so a thaobh an àite a bhuineas do 'n Rìoghachd aimsireil ann an ullachadh a leithid sud de theagasg do 'n chloinn, a réir 'us mar gheibhear fo'n Cheud Cheann de 'n Chlàr-seòlaidh a thaobh dlèasdanas an Fhìr-riaghlaidh aimsireil òrduighean eaglais Chrìosd a chumail suas; gur i an làn dearbhachd, nach 'eil aon ni air bonn coguis, aig aon air bith de na h-eaglaisibh an aghaidh an Rìoghachd a bhi 'cuideachadh teagasg ann an eòlas air nithibh aimsireil, an uair nach agair i còir a bhi 'bacadh luchd-riaghlaidh sgoile o bhi a' teagasg fìrinn Dhé; agus fadheòidh, a thaobh mar bhuineadh a bhi anns na sgoilibh a tha a nis a' faotainn cuideachaidh o'n Rìoghachd, gur éigin do 'n eaglais aonaichte sin a shuidheachadh 'n uair a thig an t-àm."

AN SEACHDAMH CEANN.—*Gnòthuch ionmhais agus maoin eile na h-eaglais; a' fillleadh ann ionmhas-beathachaidh* theachdairean na h-Eaglais Saoire, còirichean, frithéaladh gnòthuichean aimsireil na h-eaglais le luchd-riaghlaidh,† agus le Cùirtibh Dheaconan, agus an leithide sin.*

1. A thaobh ionmhas-beathachaidh theachdairean, tha an co-dhùnadh mar a bha e roimhe.

2. A thaobh Dheaconan agus luchd-riaghlaidh, tha an co-dhùnadh a tha nis air a dheanamh aithnichte airson na ceud uaire, a' leigeadh ris, gu bheil na h-eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt uile de 'n inntinn gu bheil dreuchd an Deacon air 'orduchadh le Dia, agus gu bheil iad de 'n aon inntinn a thaobh an dlèasdanas a bhuineas da: gu bheil co-thionaillean anns na h-Eaglaisibh uile anns am bheil Deaconan—ged nach 'eil ach àireamh bheag dhiubh sin ann an eaglais nam Presbitereach aonaichte, agus nam Presbitereach Ath-leasaichte: gu bheil gnòthuichean aimsireil co-thionaillean nan eaglaisean sin air an orduchadh mar is trice le luchd-riaghlaidh air an taghadh le buill a' cho-thionail,—air an taghadh airson ama shuidhichte, agus o mheasg bhall a' cho-thionail a mhàin.

3. A thaobh ionmhais agus chòirichean.—Air na puincibh so, tha co-dhùnadh na Buidhe a' leigeadh ris mar am barail, nach urrainn iomradh coimhlionta bhi air a dheanamh aig an àm; ach chum nàdur na cùis' a thuigsinn, gheibhear iomradh le Buidhinn bhig de'n àireimh anns na tha air a chur sìos ann an co-cheangal ris an Iomradh so.

* Sustentation Fund.

† Managers.

AN T-ÒCHDAMH CEANN.—*An riaghailt a réir am bheil daoine air an gabhail a stigh chum comhpairt de na sàcramaidibh.*

Air a' cheann so cha-n fhac' a' Bhuidheann iomchuidh atharrachadh a dheanamh air a' cho-dhùnadh air an d' rinn iad iomradh roimhe, eadhon, gu bheil na h-eaglaisean de 'n aon bheachd a thaobh nan cumhachan agus na dòigh air am buineadh e do dhaoineibh bhi air an gabhail a stigh chum comhpairt de na sàcramaidibh.

AN NAOTIAMH CEANN.—*Dàimh nan eaglaisean, ma theid an aonadh, ri minisdearaibh agus ri co-thionailibh an taobh a mach de chrìochaibh Alba.*

Air a' cheann so, cha d' rinneadh atharrachadh air a' cho-dhùnadh. Tha e a' comhairleachadh do na h-Eaglaisibh ann an Sasunn agus ann an Alba Cùrtean eaglais bhi aca air leth dhoibh féin, le làu uachdranachd os cionn an gnothuichean féin; ach ann an dàimh dlù d'a chéile, a reir suidh-eachadh air am bheil iomradh air a dheanamh.

AN DEICHEAMH CEANN.—*A' bhuaidh 'bhitheas aig an aonadh a tha 's an amharc air na meadhonaibh a tha air an cleachdadh leis na h-eaglaisibh ud air leth chum craobhsgaoileadh an t-soisgeil ann an tìribh céin.*

Ann an àit' a' cho-dhùnaidh ghoirid air an d' rinneadh iomradh roimhe air a' cheann so, agus a leig ris a mhàin gu 'n robh còrdadh iomlan eadar na h-eaglaisean air a' phuinc, chuireadh sios mar a leanas:—

“Mar thoradh air a' cho-labhairt air a' phuinc-sa, fhuair eadhon gur e beachd nan eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, mar eaglaisean, gur e rùn sìorruidh Dhé gu 'm bitheadh saoghal millte, cailte, air a thoirt fo bhuaidh an t-soisgeil, mar a gheibhear ann an iomadh earrainn de na Sgrìobtaireibh: a thuilleadh air sin, gu bheil iadsan fo fhiachaibh, le sùil ri beannachadh Dhé, a bhi 'deanamh dìchill chum a' chrìoch ghèidhreach so a thoirt gu teach, a réir gnè agus brìgh ùrnuidh an tagraidh a rinneadh leis an t-Slànuidhear, agus ùghdarras na h-àithne deireannaich aige; gu bheil luchd-craobhsgaoilidh an t-soisgeil air an cur a mach leò uile gu tìribh céin, no a dh' ionnsuidh nam Fìneachan air feadh na talmhainn nach do chreid ann an Crìosd; gu bheil iad de 'n aon intinn a thaobh mar a bhùineadh do'n obair ud bhi air a riaghladh; gu bheil na ceannaidhean de 'n talamh 's am bheil iad a' saothrachadh air leth air an roghnachadh air chor 'us nach fhaighear iad ann an rathad a chéile; gu bheil an luchd-saothrachaidh, far am faod e bhi, ann an dlù dhàimh bràthaireil r'a chéile air fad; gu bheil an obair air a cumail suas le tabhartasaibh bliadhnail o'n t-sluagh; agus nach 'eil ni air bith r'a fhaicinn fo 'n cheann so a rùigeas a leas bacadh a chur air aonadh.”

AN T-AON CHEANN DEUG.—*Dàimh na h-Eaglais aonaichte, 'n a h-earrainnibh air leth, ri Eachdraidh Eaglais na tìre; gu h-àraidh a thaobh dleasdanas agus freagarrachd a bhi 'suidheachadh an Aonaidh air bonn a nochdas gur i ann am fìrinn Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba.*

Air a' cheann so, bu leòr leis a' Bhuidhinn a cho-dhùnadh, gur leòr “An Cunntasa tha a' leantuinn nan nithean mu'm bheil còrdadh ann fo 'n Cheud Cheann de 'n Chlar-sèdlaidh, chum na nithean a tha feumail a ràdh an co-cheangal ri Eachdraidh na h-eaglais aig an àm àraidh so; agus ma chithear iomchuidh gu 'm bitheadh teistean na 's farsuinne ann, bhùineadh do sin 'bhi air ullachadh an uair a bhitheas bonn aonaidh air a dhealbhadh agus air aontachadh ris.”

*An co-dhùnadh a thaobh riaghailtean-aideachaidh.**

Air a' phuine so, bha co-dhùnadh air a ehur sios anns na h-ìomraidhibh roimhe fo 'n Dara Ceann 's a' Chlàr-seòlaidh. Annsan Iomradh so, gheibhear e ann an àit' a mheas a' Bhuidheann na 's freagarraich— aig erioch nan co-dhùnadh uile air a' Chlàr-seòlaidh gu léir.

Ri sùim aithghearr an saothar mar a tha e a nis air a ehur sios eha-n 'eil ni aig a' Bhuidhinn r'a ehur, aeh air feadh na bliadhna 'ehaidh seachad mar air bliadhnaibh eile o thòisich an co-labhairt so, gu'n robh mòr thlaechd aea anns a' eho-ehomunn a bha eadar iad féin agus na bràithrean a bhuineadh do na h-eaglaisibh eile; gu'n d'fhuair iad aea air fad inntinn ehàir-deach agus bhràithreil.

Agus eha-n 'eil r' a dheanamh ann an crìch an Iomraidh so, aeh aire a thoirt gu h-aithghearr do'n eheum ehudthromaeh air an d'ràinig an co-labhairt mu Aonadh a nis, ceum ris am bheil sùil anns A' *Cho-dhùnadh Choitchionn* a tha a' leantuinn ann an ceangal ris a' ehuid eile gu léir. Is e beaehd na Buidhne-shòraichte gur e na tha o 'n eaglais aig an àm, eha-n e ni air bith a dheanamh, aeh beaehd-smuaineachadh le dùrachd agus ùrnuidh. Airson na ceud uaire, ehuireadh roimh 'n Ard-sheanadh ni eomhuil ri beaehd iomlan air an raon fharsuinn a bha r'a rannsachadh, agus eia b'e mar a ni an Eaglais 's a' cheann mu dheireadh, a thaobh na ceisde mòire a ehaidh a thogail leatha le aon ghuth o ehionn sé bliadhna, am fianuis an t-saoghail Chrìosduidh air fad, tha aon ni einnteach agus do-sheachnadh, gur eudthromaeh an toradh a leanas air a' bhreth a bheir i. Le sùil ri nithibh eho mòr, tha a' Bhuidheann-shòraichte so, a tha nis, a réir suidheachaidh an Ard-sheanaidh o àm gu h-àm, fada fo fhiaehaibh trom a bhi ag ullachadh airson na h-eaglais agus an Ard-sheanaidh na nithean a tha 's an Iomradh so, agus air am bheil aea ri am breth a stéidheadh, a' gabhail orra bhi ag altrum dòehais, naeh measar iad a bhi dol na's fhaide na bhuineas doibh, an uair a tha iad le mòr urram ag iarraidh o 'n Ard-sheanadh, gu 'n gabhadh iad uatha a' ehomhairle a tha iad a' toirt seachad. Is e an nì' tha iad a' miannaehadh gur ann a ghabhadh an t-Ard-sheanadh a mhàin an t-Iomradh so uatha, agus gu 'n leigeadh iad leis luidhe air a' bhord gus an ath bhliadhna, gu bhi air 'fhiosrachadh an sin, agus ma ehi an t-Ard-sheanadh iomehuidh, air a ehur sios a dh' ionnsuidh Cléirean na h-Eaglais; agus a thuilleadh air sin, agus a ehum, an' ceann bliadhna o'n àm so, le euideachadh 'us beannaehadh Dhé, gu'm faod an t-Ard-sheanadh agus an Eaglais gu léir bhi ullamh airson dol air an adhart anns a' ghnothueh ehudthromaeh so, gu'm bitheadh an t-Iomradh so air a ehur an elò, airson làn sholus a thoirt do Chùirtibh agus do eho-thionailibh na h-Eaglais; agus a thuilleadh air sin fhathasd, agus a ehum naeh bi aon ni a dh'uireasbhuidh ann ehum a bhi 'noehdadh meud na toil' a th' aig an Eaglais do Aonadh am measg mhèòir Eaglais ar Tìre, a bha aon uair 'n an aon, agus eho iarrtunneach 's a tha i gu'm bitheadh a h-inntinn air a soilleseachadh air ehor 'us gu'n leanadh i an t-slighe eheart d'a thaobh, gu 'm faigeadh a' Bhuidheann-shòraichte, ma theid an eomharraehadh a ris, òrdugh a bhi ri faire os eionn na eùise; agus ma thig eomhairle, no earail, no fios o thaobh 's am bith, d' an ionnsuidh, a ehuireas tuilleadh soluis oirre, Iomradh eile ullachadh a thuilleadh air so, airson an Ard-sheanaidh, an ath bhliadhna.

* Formulas.

LEASACHADH.*

AN CLÀR-INNSIDH.

TAOBH
DUILLEIG

AN CEUD CHEANN.—Cho fad 's a tha na h-eaglaisean a' còrdadh mu'n àit' a bhùneas do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil an co-cheangal ris a' chreidimh, agus ri eaglais Chrìosd,	9
AN DARA CEANN.—Puincean-teagaisg air bith eile mu'm faod e 'bhi freagarrach gu'm bitheadh inntinu gach a chèile air a tuigsinn,	13
AN TREAS CEANN.—An Riaghailt-teagaisg ann an Oil-thighibh nam minisdaran, agus oilean agus dòigh fosglaidh-beil fhoghlunach, agus riaghailtean a thaobh luchd-searmonachaidh nach do shuidh-icheadh ann an co-thional,	17
AN CEATHRAMH CEANN.—An dòigh-taghadh air luchd-dreuchd, riaghailt-suidheachaidh Cùirtean na h-eaglais, agus an dàimh r'a chèile, agus dòigh toirt air adhart gnòthuichean na h-eaglais,	17
AN CUIGEAMH CEANN.—Lagh agus cleachdadh nan eaglaisean a thaobh Aoraidh fhollaisich,	18
AN SEATHAMH CEANN.—Meud an eadar-dhealachaidh beachd' a tha am measg nan Eaglaisean a thaobh fòghlum na h-òige, agus mu'n Eaglais a bhi 'gabhail airgid na Rìoghachd airson a sgoilean,	18
AN SEACHDAMH CEANN.—Gnòthuch ionmhais agus maoin eile na h-eaglais; a' filleadh ann Ionmhas-beathachaidh theachdairean na h-Eaglais Saoire, còirichean, frithealadh gnòthuichean aimsireil na h-eaglais le luchd-riaghlaidh agus le Chìrtibh Dheaconan, agus an leithide sin,	19
AN T-OCHDAMH CEANN.—An riaghailt a réir am bheil daoine air au gabhail a stigh chum comhairt de na sàcramaidibh,	21
AN NAOTHAMH CEANN.—Dàimh nan eaglaisean, ma theid an aonadh, ri minisdaraibh agus ri co-thionailibh an taobh a mach de chrìocheibh Alba,	21
AN DEICHEAMH CEANN.—A' bhuaidh 'bhitheas aig an Aonadh a tha 's an amharc air na meadhonaibh a tha air an cleachdadh leis na h-eaglais-ibh ud air leth chum craobhs-gaoileadh an t-soisgeil ann an tìrìbh còin,	22
AN T-AON CHEANN DEUG.—Dàimh na h-Eaglais aonaichte, 'n a h-earrainnibh air leth, ri Eachdraidh eaglais na Tìre; gu h-àraidh a thaobh dleasdanas agus freagarrachd a bhi 'suidheachadh an Aonaidh air bonn a nochdas gur i ann am fìrinn Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba,	22
AN CO-DHUNADH mu Riaghailtibh-aideachaidh,	22
CO-DHUNADH COITCHIONN,	23
LEASACHADH AIR CO-DHUNADHIBH NA BUIDHNE-SÒNRAICHTE,	23

LEASACHADH.

BUIDHEANN-SHÒNRAICHTE CHO-CHEANGAILTE* NAN EAGLAISEAN MU AONADH.

CO-DHÙNAIDHEAN NA BUIDHNE-SÒNRAICHTE AIR CINN
A' CHLÀIR-SEÒLAIDH AIR LETH AIR AN ATH-RANN-
SACHADH AGUS AIR AN DEANAMH COIMHLIONTA.

AN CEUD CHEANN.—*Cho fad 's a tha na h-eaglaisean a' còrdadh mu'n àit a' bhùineas do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil an co-cheangal ris a' chreidimh, agus ri eaglais Chrìosd.*

I. BEACHDAN MU 'M BHEIL NA H-EAGLAISEAN A DH' AON INNTINN.

(1.) Gu bheil an riaghladh aimsireil air 'òrduchadh le Dia, chum a ghlòire fhéin agus maith dhaoine; gu bheil na h-uile cumhachd air neamh agus air thalamh air a thoirt do 'n Tighearn Iosa; agus gu bheil na h-uile dhaoine 'n an àit' agus 'n an dàimhibh fa leth, agus air an aobhar sin luchd-riaghlaidh aimsireil 'n an àit' agus 'n an dàimh-san, fo fhiachaibh a bhi 'striochedadh do Chrìosd, agus a bhi 'riaghladh an giùlain a réir 'Fhocail.

(2.) Gur còir do 'n fhear-riaghlaidh aimsireil e fhéin gabhail ri soisgeul Chrìosd agus 'aideachadh; agus ged a tha a dreuchd aimsireil agus cha-n ann spioradail, gidheadh, mar a bhùineas do Chrìosduidhibh eile 'n an àite 'us 'n an dàimhibh, gu 'm buineadh dhasan, ann an cleachdadh a chumhachd mar Fhear-riaghlaidh, aobhar an Tighearn' Iosa Crìosd a chuideachadh am measg 'iochdranan, anns na h-uile dòigh a tha réir spioraid agus àithntean firinn Dhé; agus gu'm buineadh dha bhi air a riaghladh leis ann an deanamh laghan, ann am frithealadh ceartais, ann an gabhail mhionnan, agus ann an nithibh eile a bhùineas do 'n riaghladh aimsireil.

(3.) An uair a dh' fhaodas an Fear-riaghlaidh aimsireil agus a bhùineas da, ann a bhi 'deanamh laghan mu nithibh tha fo 'uachdranachd féin, breth a thoirt, chum a sheòladh féin, air cìod e a tha ann an còrdadh ri focal Dhé; gidheadh, a mheud 'us nach 'eil uachdranachd air bith aige ann an nithibh spioradail, agus a chionn agus annta sin gu bheil cleachdadh ainneirt an aghaidh spioraid agus àithntean an t-soisgeil, a tha ag àicheadh agus a' toirmeasg gear-leanmhuinn air bith, cha bhui e dha a bhi 'comharrachadh do na h-ìochdranaibh aige no bhi 'sparradh orra, créud no dòigh aoraidh, no a bhi 'gabhail gnothuich ris an riaghladh sin a shuidhich an Tighearn Iosa 'n a eaglais, ann an lamhaibh luchd-dreuchd na h-eaglais, no ionnsuidh mhì-cheart a thoirt air aon de na còirichibh, no air an t-saorsa a bhuilich Crìosd air 'eaglais, agus a bhùineadh bhi air am meas fùdhail air uram le uile chumhachdaibh na talmhainn; air dhi bhi 'n a còir a bhùineas do 'n Tighearn Iosa 'mhàin a bhi 'riaghladh ann an gnothuch creidimh, aoraidh, agus smachd na h-eaglais.

(4.) Gu'm faicear auns a' phòsadh, 's an t-Sàbaid, agus ann an comharrachadh laith-

* Joint Committee.

ean trasgaidh agus buidheachais, cuid de na nithibh a tha' tighinn fo 'n phuinc ud. (1.) A thaobh pòsaidh, faodaidh am fear-riaghlaidh aimsireil, agus buinidh dha, lagh a' phòsaidh a dheanamh a réir focail Dhé. (2.) A thaobh na Sábaid, faodaidh am Fear-riaghlaidh aimsireil, agus buinidh dha,—ag aideachadh gu bheil coimhead an latha sin 'n a fhiachaibh air an duine gu bráth, a réir riaghailt Focail Dhé, gu h-àraidh mar a tha sin air a leigeadh ris ann an ceud chomharrachadh na Sábaid, anns a' cheathramh àithne, agus ann an teagasg agus eisimpleir an Tighearn' agus a chuid Abstoil, agus ag aideachadh, mar an ceudna, a luach air iomadh dòigh do 'n chinne-dhaoine—ann a riaghladh, meas a bhi aige air naomhachd an latha, laghan a dheanamh chum e bhi air a choimhead o 'n leth mach, agus an sluagh a dhion ann an seilbh air sochair na fois o oibrìbh na seachduin, agus ann a bhi 'caitheamh an latha ann an aoradh Dhé gu follaiseach agus gu h-uaigneach. (3.) Faodaidh am Fear-riaghlaidh aimsireil, agus air amaibh àraidh buinidh dha, laithean a chomharrachadh air am bi na h-ìochdranan aige air an gairm gu cleachdadh irioslachaidh agus breth buidheachais; ach gun a bhi gu h-àrd-uachdranail ag òrduchadh no a' sparradh orra dòigh àraidh aoraidh, no air mhodh eile a' cleachdadh 'ughdarrais, a thuilleadh air e bhi 'toirt aire gu'm bi làn chothrom aca air saorsa a chleachdadh airson nan aobharan ud.

(5.) Gu bheil an Eaglais agus an Riaghladh aimsireil le chéile air an òrduchadh le Dia, agus eadar-dhealaichte o 'chéile, agus gu'm faod iad a bhi ann cuideachd, gun a h-aon aca bhi gu mi-laghail a' gabhail gnothuich ris na buineas do 'n aon eile, agus nach buineadh dhoibh sin a dheanamh. Gu'm buineadh do àrd-uachdranachd Erastianach na Rìoghachd aimsireil os cionn na h-eaglais, agus àrd-thigh-carnas ain-diadhaidh na h-eaglais os cionn na Rìoghachd bhi le chéile air an diteadh; agus gu'm buineadh do na h-uile gné co-cheangail eatorra, a dh' fhillas a h-aon diubh sin ann, uo a bhagaireas treòrachadh d' a ionnsuidh, bhi air a sheach-uadh. Tha 'ughdarras spioradail aig an Eaglais os cionn a' mhead de luchd-riaghlaidh no de dh' ìochdranaibh rìoghachdan aimsireil 's a tha 'u a comunn; agus tha an t-aon 'ughdarras aimsireil aig uachdranaibh os cionn bhall agus luchd-drenchd na h-eaglais 's a th' aca os cionn dhaoine eile. Cha-n' eil cumhachd 's am bith aig an Eaglais os cionn rìoghachdan na talmhainn, mar rìoghachdan, agus a thaobh an gnothuichean aimsireil; ni mò tha cumhachd aca san a cionn-sa mar Eaglais. Ach, ged a tha iad mar so eadar-dhealaichte, tha iomadh dleasdanas aca mar fhiachaibh orra d'a chéile, agus, 'n an àite féin, faodaidh iad cuideachadh mòr a dheanamh le soirbheachadh a chéile.

(6.) Cha-n fhaod an Eaglais a saorsa spioradail a thoirt seachad no 'chur an cunnart gu laghail air sgàth buannachd saoghalta air bith. Agus a thuilleadh air sin, is fheudar do 'n Eaglais a ghnàth a choimhead agus a theagasg, gur dleasdanas bunaiteach agus ueo-chaochlaidheach a chuir Crìosd mar fhiachaibh air a phobal, a bhi 'cumail suas agus a' craobhsgaoileadh 'Eaglais le 'n tabhartasaibh saora.

2. CUNNTAS a thaobh nan stéidh-bheachdan ud bhi air an cur an cleachdadh, agus a' bhuaidh a' bhuneadh' bhi aca air dleasdanas uau eaglaiscan a tha 's a' cho-labhairt, aig an àm.

Mheas Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba gu'm b' e dleasdanas na rìoghachd aimsireil, cha-n e mhàin dhion a chur mu phearsaibh, mu shaorsa, agus mu mhaoin luchd-dreuchd agus bhall na h-Eaglais, ann an cleachdadh air na bhuneadh do 'n dreuchd 'us do 'n àite gu spioradail; agus gu coitcheonn, an Eaglais 'aideachadh mar no a dh' òrduicheadh le Dia; ach a thuilleadh air sin, gu 'm buineadh e dhi creud agus riaghladh na h-eaglais a dhaigneachadh leis an lagh aice, agus ullachadh a dheanamh, fhad 's a bha e fenumail, airson cumail suas a minisdearan agus a h-òrduighean. Ach cha do mheasadh riamh leatha gu 'n robh aonta agus cuideachadh na Rìoghachd 'n an nithibh a dh' easbhuidh nach 'b' urraiu an Eaglais a bhi, uo 'ughdarras a bhi aig na dhcanadh i: ni mò a bha e air a mheas laghail, aonta agus cuideachadh a ghabhail o lagh na Rìoghachd air chumha gu'm bitheadh saorsa spioradail na h-Eaglais air a thoirt seachad.

Tha na beachdan ud ri 'm faicinn gu soilleir an co-cheangal r'a ceud-thoiseach agus cachdraidh nan eaglaisean uile a tha nis ann an co-labhairt r' a chéile.

Chumadh a mach iad le aithrichibh na h-Eaglais Ath-leasaichte Presbìterich 'n

uair a dhiùlt iad a hhi ag aideachadh suidheachadh na h-eaglais a rinneadh aig àm Atharrachadh* an Rìaghlaidh, a chionu, a réir an harail-san nach do thaisbean e òrduchadh sgrìobtuireil agus firinneach air an dàimh a bhuneadh hhi eadar au Eaglais agus an Rìoghachd aimsireil, agus gu'n d'fhill e aun claonadh, ann an iomadh puic chudthromaich, o 'n Ath-leasachadh Chùmhnantach; agus tha an eaglais ud 'g an cumail a mach fhathasd. Is e heachd na h-Eaglais Ath-leasaichte Presbiterich, an uair a bhuneadh do cheangal càirdeach hhi a ghnàth 's an amharc mar an dàimh a hhuineadh a bhi eadar an Eaglais agus an Rìoghachd, gu hheil a' cheisd, co dhiubh bhuneadh oidheip a dheanamh air sin a hhi ann, agus cia dlù 's a hhuineadh do 'n cheangal a bhi, 'n a ceisd nach urrainn a hhi gu laghail no gu sàbhailt air a freagradh gun a hhi 'gabhair a stigh suidheachaidhean, beusan, agus solus an dà chuid, gu h-àraidh a mhead 's a tha a dh' aonachd 's an eaglais, agus an tomhas 's an d'fhainig an Rìoghachd gu hhi fo bhuidh focal Chrìosd. Ann a teistean sgrìohtta, tha an eaglais so a leigeadh ris gu soilleir, an seadh 's am bheil i a' leantuinn ris an Ath-leasachadh Chùmhnantach: ag ràdh, aig an àm cheudna, nach 'eil ise "fo fhiaichaihh na h-uile harail'us focal a dhion" a gheibhear anns na Cùmhnantaihh, no ann an Leahraichihh-dearhaidh† na h-Iar-mhinsteir; agus ag ràdh gu soilleir "gu bheil e an aghaidh nàduir na fìor dhiadhachd, agus nach urrainn toradh maith éiridh o bhi a' cleachdadh cumhachd aimsireil air bith chum toirt air daoinehh creud mhearachdach a leigeadh dhiubh, no creud ghlan a ghahail d'an ionnsuidh agus 'aideachadh."

Bha na heachdan so mar an ceudna air an cumail a mach gu coitichionn le aithrichihh nan caochladh huuidhean de luchd-aideachaidh a tha nis air an gabhair a stigh 's au *Eaglais Aonaichte Phresbiterich*, an uair a dhealaich iad ri Cùirt-ihh na h-Eaglais Stéidhichte air sgàth tréigsinn nan daoine a bha 'g a riaghladh 'n an là, a' diùltadh saorsa do theachdairihh ann am fianuis a thoirt an aghaidh am mearachdan, agus an àicheaimh a rinn iad air còirichihh an t-sluaigh aid-eachail.

Chumadh a mach iad ann an Agartas còir‡ agus *Protest* na h-Eaglais Saoire 'n uair a sgaoil i o chèile a ceangal ris an Rìoghachd aimsireil, agus a thug i seachd d'a deòin a beathachadh, a chionn Cùirtean-lagha na Rìoghachd a bhi a toirt ionnsuidh mhi-cheairt air còirichihh agus air saorsa spioradail a luchd-dreuchd agus a buill, agus o'n uair sin, chumadh a mach iad ann an iomadh Achd de dh' Ard-sheanadh na h-Eaglais sin. Tha e air a mheas, mar cheum ùmhlachd o 'n rioghachd do Chrìosd, gu'm buineadh do'n Fhear-riaghlaidh aimsireil, 'n uair 'tha e feumail agus iomchuidh, cabhair a thoirt a mach a ionmhas na Rìoghachd do Eaglais Chrìosd; a' toirt aire, an uair a ni e sin, ged a tha làn chumhachd air a chumail aige os cionn a thiodhlaic féin, gu'n seachainn e gnothuch air bith a ghabhail gu h-ard-uachdranail ri riaghladh na h-eaglais o 'n leth a stigh. Tha e air a mheas, gu 'm hheil i 'n a ceisd a dh'fheumas hhi air a fuasgladh leis mar a hhitheas cùisean aig an àm, co dhiubh a hhuineadh do'n Fhear-riaghlaidh, aig àm air hith air leth, a' chahhair ud a thairgseadh, no co dhiubh bhuneadh e do 'n eaglais a' gabhair; agus gur fheadar do 'n cheisd ud hhi air a fuasgladh leis gach aon de 'n dà chuid air an son féin, mar a tha iad freagarrach do Dhia. Anns an achd mu'n Rìaghailt-aideachaidh, tha an Eaglais Shaor ag àicheadh air a son féin beachdan cumhann§ agus geur-leanmhuinneach, agus a' diùltadh, mar ni gun bhonn, mìnachadh air bith air an Leahhar-aideachaidh a réir am bitheadh e air a thogail gu'n rohh i 'toirt gnùis do chumhannachd agus do gheur-leanmhuinn, no a' teagasg hheachdan a hha an aghaidh saorsa coguis, no còir gach neach air leth air hhi 'toirt hreth air a shon féin air puicibh creidimh.

Dh'aidich an *Eaglais Phresbiteriach Shasunnach* riamh gu 'n rohh i de 'n aon hheachd, agus aig àm an Eadar-sgarachdhuinn|| 's a' bhliadhna 1843, thug i a gnùis, a-co-fhulangas, agus a cabhair chàirdeach do 'n Eaglais shaoir, le a h-uile cridhe.

Tha e aithnichte gu 'n d' éirich ceisdean, an ceann beagan ùine, am measg nam huidheann a tha 'deanamb suas na h-Eaglais Aonaichte Presbiterich, a thaobh an àite a bha air a thoirt do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil ann an dàimh ris a' chreidimh agus ri Eaglais Chrìosd, le Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba. Shaor iad iad féin le hhi 'cur ris an Rìaghailt-aideachaidh aca na hriathran a leanas:—

* Revolution.

† Standards.

‡ Claim of Rights.

§ Intolerant.

|| Disruption.

“Air dha bhi air a thuigsinn nach 'eil e air agradh dhiot aont' a chur ri ni air bith anns na sgrìobhaidh (Leabhraichean-dearbhaidh na h-Iar-mhinsteir) a tha 'teagasg, no air am meas a bhi 'teagasg, heachdau éigneachaidh no geur-leann-mhuinneach agus cumhann, ann an gnothuch aidcachaidh na diadhachd.” O'n àm sin, dh' éirich beachd 'n am measg an aghaidh Eaglaisean stéidhichte lhi idir ann. Cha-n e gu'n robh sin air a mheas 'n a ui b' éigin bhi aige chum neach a bhi air a ghahhail a stigh gu cumunn na h-eaglais *Aonaichte Presbiterich*, no gu drenchd iunte: ach tha am heachd aig a' mhòr chuid de bhuill agus de luchd-dreuchd na h-Eaglais ud, gu bheil Eaglaisean stéidhichte an aghaidh nan Sgrìobtnirean. Is e am barail nach 'eil e laghail do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil a bhi 'cur aonta lagha na tire ri créud air bith, ann an rathad a bhi 'cur suas Eaglais stéidhichte; agus nach huineadh dha bhi ag ullachadh airson cumail suas minisdreileachd na h-Eaglais á ionmhas na Rìoghachd; gu 'n do chuir an Tighearn Iosa Chrìosd, mar aon Rìgh agus Cheanu 'Eaglais mar fhìchaibh air a phobull ullachadh airson a cumail suas, agus a craohhsaoileadh le an tabhartasaibh saora; agus a chionn agus gur e so òrdugh Chrìosd, tha e a druideadh a mach cuideachadh na Rìoghachd aimsireil chum na crìche so; agus gur ann le bhi a' leantuinn ris an dòigh so a mhàin a 's urrainn an Eaglais a saorsa a choimhead tearuinte.

A thaobh a' bhuaidh a bhuneadh 'bhi aig na nithean ud air dleasdanan nan Eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, ag an àm, is aobhar làidir, anns an aghaidh, airson a bhi a' strì ri aonadh a dheanamh, ma ghabhas e a bhi air bhonn sgrìobtuireil, gu 'm bheil na h-Eaglaisean air dealachadh, air sgàth na friuin, ris a' cheangal a h'aca ris an Rìoghachd aimsireil. Air dhoi h 'bhi d' an aon inntinn mu na stéidh-bheachdaibh a chaidh iomradh a cheana, is airidh e air aire 'thoirt da aig an àm cheudna, nach 'eil aon cheisd air am bheil eadar-dhealachadh heachd' ann, a tha 'bagradh éiridh suas aig an àm mar cheisd a tha ag agradh cleachdadh air bith dhiubh. A ris, tha neul an Fhreasdail—an t-eadar-dhealachadh barail a tha 's an tìr air puincibh creidimh 'us an leithid, an riaghladh Erastianach a tha 's na h-Eaglaisibh stéidhichte, ard-uachdranachd na Bàin-rìgh bhi air agradh anns na h-uile cùis rìoghachd 'us Eaglais, mar a tha daoine-toisich na Rìoghachd ag aideachadh agus a' dìon beachdan Erastianach, agus gu h-àraidh buntinneas gràs-mhor an Tighearna rùninn ann ar staid dealaichte o 'n Rìoghachd aimsireil,—a' nochdadh gu soilleir, cia b'e na barailean a dh' fhaodas 'bhi againn mu e hhi laghail agus chum buannachd gu'n deanadh an Rìoghachd aimsireil ullachadh airson cumail suas na h-Eaglais, gidheadh, gur e ar dleasdanas do-sheachnadh a nis, ann an dilseachd do 'r Ceann neamh-aidh agus do aobhar na fìor dhiadhachd, a bhi a' fantuinn, mar Eaglaisibh, dealaichte o'n Rìoghachd aimsireil. Tha e ri chreidsinn gu bheil na h-Eaglaisean uile a tha 's a' cho-labhairt de 'n inntinn so; agus a thuilleadh air sin, tha iad a' creidsinn gu 'm bi c'n a chuidcachadh mòr do na h-Eaglaisibh ann a bhi 'toirt air adhart oibre an Tighearna, gu 'm bitheadh aonadh sgrìobtnireil air a dheanamh catorra. Ma tha na co-dhùnaidhean, air an aobhar sin, air a' Cheud Cheann de 'n Chlàr-seòlaidh, air am faotainn taitneach leis na h-Eaglaisibh, agus ma 's e 'us, le beannachadh Dhé, gu 'm faigh na h-Eaglaisean sin gu 'm bheil a' leithid a dh' aonachd inntinn 'n am measg air na puincibh cudthromach eile 'tha ri rannsachadh, agus gu 'm faic iad an t-slighe bhi réidh chum Aonaidh, is fhendar gu 'm bi e air a thuigsinn gu soilleir aig an àm cheudna, gu 'm bi e mar dhleasdanas do 'n Eaglais aonaichte amharc agus breth a thoirt air na h-uile ceisd a dh' fhaodas éiridh, fo làimh Freasdail Dhé, a thaobh mar a bhuneas e do 'n eaglais i féin a riaghladh an deigh so ann an co-cheangal ris na dearbh puincibh a tha measg làimh, agus gu 'm hì luchd-dreuchd agus buill anns na h-Eaglaisibh air fad saor chum leantuinn ris na beachdaibh a bh'aca roimhe so mu dhleasdanas na h-eaglais no na rìoghachd do rìoghachd fhollaisich Chrìosd air an talamh.

17mh de 'n Mhàirt 1869.

Bha e air a sgrìobhadh sìos air iarrtus hall de 'n Bhuidhinn-shònraichte gu'n rohh ceisd air a cur a thaobh an t-scadh anns am bheil na focail “Creidimh Chrìosd,” agus “an Eaglais” air an cleachdadh auns a' Chumantas mn stéidh-bheachdaibh do 'n robh “Nithean mu'm hheil còrdadh ann” air a thoirt mar ainm roimhe: agus gu 'm b'e freagradh na ceisd ud, le aonta na Buidhne gu léir, gu

bheil na focail sin gun amharus air an cleachdadh anns an t-seadh agus am bheil iad air an cleachdadh ann an Leabhar-aideachaidh a' chreidimh a th' aig na h-Eaglaisibh uile.

Bha e air fhoigbneachd mar an ceudna, co dhiubh bha e r'a thuigsinn gu 'm buincadh do 'n Fhear-riaghlaidh aimsireil, ann a bhi "a' cuideachadh aobhair an Tighearn' Iosa" ni air bith a dheanamh airson fìor Eaglais Chrìosd nach buineadh dha a dheanamh airson comuinn aideachail air bith eile. Bha e air a fhreagairt, le aonta na Buidhne gu léir, gu bheil au dara, au tritheamh, agus an ceathramh ceann de 'n chunntas mu na stéidh-bheacbdaibh a' taisbeanadh nithean anns am bheil dleasdanasan aig au Fhear-riaghlaidh aimsireil ri choimhlonadh, aig am bheil e mar an dearbh nàdur a bhi 'cuideachadh maith na h-Eaglais, agus cha-n e maith comuinn aideachail air bith eile. Cha-n 'eil e comasach a bhi ag aithris na h-uile dòigh anns am faod, no anns uach faod, am Fhear-riaghlaidh aimsireil cuideachadh le aohhar Chrìosd; airson, am measg aobhair eile, gu bheil an suidheachadh anns am faod a' ghairm a thighiun m'a choinnimh, ullamh air atharrachadh, agus an ni a fhreagaireas aig aon àm nach freagair e aig àm eile. Agus cha-n 'eil e gu bhi air a thogail mar intinn na Buidhne-shònraichte nach 'eil iomadh suidheachadh eile ann a thuilleadh orra sin a dh' ainmicheadh anns a' Chunntas, anns am faod am Fhear-riaghlaidh aimsireil a bhi 'nochdadh gu bheil e ag aideachadh còirichean fìrinn Chrìosd agus Eaglais Chrìosd, gun a bhi fàgail an àit' a bhùineas da fhéin, no ag àicheadh nau còirichean a hhuineas do choguisibh dhaoine.

AN DARÀ CEANN.—*Puincean-teagaisg air bith eile mu'm faod e 'bhi freagarrach gu'm bitheadh inntinn gach a chéile air a tuigsinn.*

Ann a bhi 'tòiseachadh air an Dara Ceann de 'n Chlàr-seòlaidh, bha mòran co-labhairt aig a' Bhuidhinn-Cho-cheangailte air mar bba e iomchuidh dhoibh buntuinn ris, a réir mar a fhuair iad seòladh. Dh' fhairich iad gu 'm b'èigin gabhail ris 's a' cheud thoiseach gu 'm b'e Leabhar-aideachaidh na h-Iar-mhinsteir Leabhar-aideachaidh nan Eaglaisean uile, agus gu 'n robh iad ag agradh aonta sgrìobhta ris, gun agadh, gun easbhuidh, gu bhineachadh ach siu a tha air a ghabhail a stigh fo 'n Cheud Ceann de 'n Chlàr-seòlaidh. Tha e soilleir, air an aobhar sin, ma bha eadar-dhealachadh beachda gu bhi ann fo 'n Dara Ceann gu 'm b'èigin da éiridh o eadar-dhealachadh a bhi ann mu bhrìgh cuid de na tha sgrìobhta mu phuincibh-teagaisg anu an Leabhar-aideachaidh na h-Iar-mhinsteir.

Bha conaltradh cùramach ann mu iomadh dòigh air an robh e freagarrach buntuinn ri so.

Dh' fhaodadh a' Bhuidheann-shònraichte dol air ais air na ceisidibh a thog deasboireachd roimhe anns na caochladh Eaglaisibh, a thaobh puincean teagaisg; agus dh' fhaodadh iad inntinneau a chéile a dheanamh aithnichte mu na chaidh a ràdh, agus mu'n bhreth a thugadh, anns na cùisibh ud gu léir. Cha robh aon ni air taobh no taobh an aghaidh co-labhairt farsuiun air na nithibh ud, agus rannsachadh mion air gach ni a thachair. Air an làimh eile is ann a bha gach taobh làn-thoileach gach ni a thachair roimhe so fhosgladh suas; agus bha fosgladh suas gu maith iomlan air a dheanamh air. Ach 's a' cheann mu dheireadh thainig a' Bhuidheann-shònraichte gu bhi de'n inntinn, nach robh e air earbsadh riu-san a bhi toirt deanadais nan eaglaisean air leth aig amaibh eile, no na chaidh a ràdh le daoibh anna ri àm deasboireachd 'us teas, gu còrdadh 'us réite, agus nach cuidicheadh e a' bheag anu a bhi 'cur soluis air inntinn nau eaglaisean aig an àm-sa.

Bba dòigh eile ann—is e sin, gu 'm faodadh breth bhi air a toirt leis a' Bhuidhinn-shònraichte air na puincibh-teagaisg mu'n d'èirich ceisd anns na h-Eaglaisibh air leth, aon chuid ann an cleachdadh smachd no ann an deasboireachd a dh' éirich, (ceisdean cha-n ann mu ùghdarras ach mu mhèineachadh an Leabhar-aideachaidh) a leithid agus a gheibheadh aonta o 'n Bhuidhinn gu léir, agus a dh' fhaodadh iad a thoirt uatha le dearhhachd gu'n aontaicheadh na h-Eaglaisean uile rithe. Air aon taobh dh' fhaodadh sin a bhi 'n a dòigh fhreagarraich. Ach bhithheadh cunnart ann air taobh eile. Is e a bhithheadh ann da rìreadh Leabhar-aideachaidh ùr. Tha iad lionmhor anns na h-Eaglaisibh uile a chuireadh an ainm ris an

Leabhar-aideachaidh mar a tha e, ach nach bitheadh toileach iad fhéin a cheangal le mìneachadh air a bhriathraibh air a chur an cèill no air a sparradh orra as ùr, air a thoirt seachad air dhòigh eile ach ann an cleachdadh smachd iomchuidh na h-Eaglais. Is e a bhi dealbhadh dhòighean nuadha air brìgh an Leabhar-aideachaidh a mhìneachadh, a bhi ann an ceum a' cur an Leabhar-aideachaidh féin á 'àite dligeach, agus mar sin a' cur trioblaid air inntinnibh na muinntir a tha 'cur an ainme ris.

Air dha bhi air a mheas gu'm bu leòr na h-aobharan ud chum an toirt gu hhi 'seachnadh seann cheisdean a thogail a ris, agus scann dheasboireachd a dhùsgadh, agus mìneachadh ùr a chur sìos, de'n cuid féin, air earrainnibh de'n Leabhar-aideachaidh, thairg aon dòigh eile fo'n aire. Dh' amhaire a' Bhuidheann-shònrachta air na h-earrainnibh de'n Leabhar-aideachaidh mu 'n d' éirich ceisd a thaobh am brìgh, gu h-àraidh a thaobh puince na Réite, agus teagasgan ann an co-cheangal ri the. A thaobh iad sin bha mòran co-labhairt aca ri 'chéile le sùil làn-fhogailte air gach deasboireachd a bha 's an Eaglais mu'n timchioll, araon o shean agus 's an linn so féin, 's an tìr so agus ann an tìribh eile. Thàinig iad gu bhi de'n bharail, air dhoibh beachdan nam bràithrean anns gach Eaglais air leth, a choimeas r'a chéile, gu'm b' fhearr a leigeadh iad ris an co-dhùnadh gus an d' thàinig iad le bhi 'g a chur sìos 's an teistean dhà-fhillte a leauas:—

“1. Gu bheil a' Bhuidheann-shònrachta làn dhearbhta gu bheil na h-eaglaisean air leth a' gabhail ri Leabhar-aideachaidh a' chreidimh, agus ag iarraidh aiumean ris air fad, leis an aon inntinn threibhdhìrich.”

“2. A thaobh nan earrainnean a tha air an toirt air adhart an déigh so—na h-aon earrainnean mu'm b'urrainn, a réir coslais, eadar-dhealachadh beachda 'bhi ann—fhuair a' Bhuidheann-shònrachta, air dhoibh co-labhairt fada, geur-rann-sachail, a bhi aca, gu bheil na h-eaglaisean so, le 'n uile chridhe, de 'n aon dheachd a thaobh na tha an Leabhar-aideachaidh a' nochdadh mu theagasgaibh Focail Dhé.”

“Thainig e gu bhi soilleir, anns a' cho-labhairt so, cia b'e an doirbheachd a dh'fhaodadh éiridh o dheasboireachd gun aobhar, no o nithibh àraidh a fhuairleadh aig cuid a dhaoibh air leth, gu'm b'e dian-iarrtus nan eaglaisean uile, mar a bheir an eachdraidh fianuis, a hhi 'cumail suas teagasg Chalbhin; air an aon laimh, a' cur an aghaidh mhearachdan nam Pelagianach agus nan Arminianach; agus air an laimh eile, a' nochdadh beò-thogradh an déigh soisgeul saor a dheanamh aithnichte, agus Criosd agus a shochairan a thairgseadh do pheacaich de 'n chinne-dhaoine gu léir. Gu h-àraidh, a thaobh farsuinneachd oibre na réite, air dhoibh beachdan a chéile a chluinntinn gu mion, rinneadh soilleir e gu bheil an dòigh labhairt air a' phuinc sin a tha air a cleachdadh anns na caochladh eaglaisibh, a mhàin 'n a dhòigh air an fhìrinn, a tha air a h-aideachadh leis na h-eaglaisibh gu léir, a leigeadh ris; gu bheil obair-réite Chriosd na 's leòr airson nan uile dhaoine, freagarrach do chor nan uile dhaoine, agus gu bheil na sochairan a tha 'g a leantuinn air an tairgseadh gu saor do gach neach a dh' ionusuidh am bheil au soisgeul a' tighinn.”

'S a' cheud àite, A thaobh staid leagta an Duine; gu h-àraidh, a thaobh Cionta, Truailidheachd, agus Neo-chomas, mar a tha sin air a chur sìos ann an Caibdeilbh VI. agus IX. de 'n Leabhar-aideachaidh anns na briathraibh a leanas:—

Caib. VI. § 2.—“Leis a' pheacadh so (tìtheadh a mheas thoirmeasgta) thuit iad (ar ceud pharantan) o' n ceud fhìreantachd, agus o 'n co-chomunn ri Dia, agus mar sin rinneadh marbh 's a' pheacadh iad, agus truailidh gu h-iomlan, ann an uile chomasaidh an auamh, agus bhallaibh an corp.”

§ 3.—“Do bhrìgh gu'm b'iadsan freumh a' chinne-dhaoine uile, bha Ciont' am peacaidh-san air a mheas, agus am bàs ceudna 's a' pheacadh agus ann an nàdur truailidh, air a chomhairteachadh ri'n sliochd uile a tha 'tighinn uatha a réir ginealach ghnàthaichte.”

§ 4.—“O'n truailidheachd gnè so, troimh am bheil sinu air ar cur o thlachd bhi againn ann am maith 's am bith, air ar deanamh neo-chomasach air a dheanamh, agus gu h-iomlan 'n a aghaidh, agus air ar n-aomadh a dh' ionnsuidh gach uile uile, tha na h-uile peacadh gnìomh a teachd.”

Caib. IX. § 3.—“Chaill an duine gu buileach, troimh a thuiteam gu staid peacaidh, uile chomas na toile chum maith spioradail air bith, a tha ann an co-chuideachd na slàinte; ionus air bhi do'n duine nadurra an aghaidh a' mhaith nd, agus marbh ann am peacadh, nach 'eil e comasach, le a neart féin, air e fhéin 'iompacadh, no air e fhéin 'ullachadh chum sin.”

§ 4.—“An uair a dh'iompaicheas Dia am peacadh, agus a dh'atharraicheas e e chum staid gráis, tha e 'g a shaoradh o a dhaorsa nadurra 's-a' pheacadh, agus le a ghràs a mhàin, tha e 'g a dheanamh a chomasach air an ni a tha gu spioradail maith a thogradh gu saor, agus a dheanamh.” . . .

'S an dara àite.—A thaobh Chrìosd mar Eadar-mheadhonair; gu h-àraidh, a thaobh Nàdur, Eifeachd, agus Farsuinneachd na Rèite, mar tha iad sin air an cur sìos ann an Caibdealaibh VII. agus VIII. de'n Leabhar-aideachaidh 's na briathraibh a leanas:—

Caib. VII. § 3.—“Air do'n duine, troimh an tuiteam, e fhéin fhàgail neo-chomasach chum ruighinn air beatha troimh 'n chùmhquant ud, [Cùmhnant nan Gnìomh] chunnaic an Tighearn iomchuidh Cùmhnant eile dheanamh, ris an abrar gu coitcheonn, Cùmhnant nan gràs; anns am bheil e a' tairgseadh gu saor beatha agus slàinte trid Iosa Crìosd, ag iarraidh orra creidimh annsan, chum gu'm bitheadh iad air an teanadh, agus a' gealltuinn a Spiorad Naomh a thabhairt do na h-uile a tha air au orduchadh chum beatha, chum an deanamh deònach agus comasach air a bhi creidsinn.”

Caib. VIII. § 4.—“Ghabh an Tighearn Iosa an dreuchd [drenchd Eadar-mheadhonair] gu ro-thoileach os làimh, agus chum gu'n cuireadh e an gnìomh i, rinneadh e fo'n lagh, agus choimhlean e gu h-iomlan i, dh'fhuiling e pìautan ro chràiteach gu neo-mheadhonach 'n a anam, agus fulangais ro dhòruinneach 'n a chorp; cheusadh e, fhuair e bàs, bha e air 'adhlacadh, agus dh'fhan e fo chumhachd a bhàis, gidheadh cha-n fhac' e truaillidheachd. Air an treas là dh'éirich e o na mairbh leis a' chorp cheudna anns an d'fhuiling e; leis an deachaidh e mar an ceudna suas air neamh, agus tha e 'n a shuidhe an sin air deas-laimh 'Athar, a' deanamh eadar-ghuidhe; agus thig e a thoirt breth air daoibh agus air ainglibh aig deireadh an t-saoghail.”

§ 5.—“Rinn an Tighearn Iosa Crìosd, le'umhlachd iomlain, agus leis an iobairt sin, eadhon e féin, a thug e troimh 'n Spiorad Shìorruidh aon uair suas do Dhia, ceartas 'Athar a làn-dhioladh; agus cha-n e a mhàin Rèite a chosnadh, ach mar an ceudna, oighreachd bhith-bhuan ann an Rìoghachd nèimh dhoibhsan uile a thug au t-Athair dha.”

§ 8.—“Tha Crìosd a' co-chur, agus a' comhpairteachadh, gu cinnteach agus gu h-éifeachdach, na saorsa sin a choisinn e, rìusan uile do'n do choisinn e i; a' deanamh eadar-ghuidhe air an son; agus a' foillseachadh dhoibh anns an fhocal, agus leis, diomhaireachdan na slàinte; 'g an deanamh deònach gu h-éifeachdach, le a Spiorad, a bhi creidsinn agus a bhi umhal; a' riaghladh an cridhe le 'fhocal agus le a Spiorad; a' toirt buaidh air an uile naimhdibh, le a neart nìle-chumhachdach, agus le a ghliocas, air an dòigh, agus air na modhaibh a 's fearr a fhreagras d'a riaghladh iongantach agus do-rannsachaidh.”

'S an Treas àite.—A thaobh co-chur na Saorsa; agus gu h-àraidh mn Riatanas,* Ard-nachdranachd, agus Eifeachd oibre an Spioraid ann, mar a tha sin air a chur sìos ann an Caibdealaibh VIII., IX., X., XI., agus XIV., de Leabhar-aideachaidh a' Chreidimh, 's na briathraibh a leanas:—

Caib. IX. § 3.—“Chaill an duine gu buileach troimh a thuiteam gu staid peacaidh, nìle chomas na toile chum maith spioradail air bith, a tha ann an co-chuideachd na slàinte; ionnus, air bhi do'n duine nadurra an aghaidh a' mhaith ud, agus marbh 's a' pheacadh, nach 'eil e comasach, le a neart féin, air e fhéin 'iompacadh, no air e fhéin 'ullachadh chum sin.”

Caib. VIII. § 8.—“Tha Crìosd a' co-chur agus a' comhpairteachadh, gu cinnteach agus gu h-éifeachdach, na saorsa sin a choisinn e, rìusan uile do 'n do choisinn e i, a' deanamh eadar-ghuidhe air an son, agus a' foillseachadh dhoibh anns an fhocal, agus leis, diomhaireachdan na slàinte; 'g an deanamh deònach gu h-éifeachdach

* Necessity.

le a Spiorad, a bhi creidsinn agus a bhi umhal ; a' riaghladh an cridhe le 'fhocal, agus le a Spiorad ; a' toirt buaidh air an uile naimhdibh le a neart uile-chumhachdach, agus le a ghliocas, air an dòigh, agus air na modhaibh a 's fearr a fhreagras d'a riaghladh iongantach agus do-rannsachaidh."

Caib. X. § 1.—“ Na h-uile dhaoine sin a roimh-orduicheadh le Dia chum beatha, agus iad sin a mhàin, is toil leis, ann a àm òrduichte agus taitneach, an gairm gu h-éifeachdach le 'fhocal agus le a Spiorad as an staid peacaidh agus bàis sin 's am bheil iad a thaobh nàduir, chum gràis agus slàinte, trid Iosa Crìosd ; a' soillseachadh an iuntinn, chum nithean Dhé a thuigsinu gu spioradail agus gu slàinteil, a' toirt a' chridhe chloiche uatha, agus a' toirt cridhe feòla dhoibh ; ag ath-nuadhachadh an toile, agus le a neart uile-chumhachdach, a' toirt orra socrachadh air an ni a tha maith, agus 'g an tarruing gu h-éifeachdach chum Iosa Crìosd ; gidheadh is ann air chor 'us gu bheil iad a' tighinn gu ro-shaor, air dhoibh bhi air an deanamh deònach le a ghràs."

§ 2.—“ Is ann a mhàin o ghràs saor, agus o shònrachadh Dhé a tha a' ghairm éifeachdach so, 'us cha-n ann o ni air bith a chunnacas roimh làimh 's an duine, a tha gu h-iomlau gun chomas gluasaid iunte, gus am bheil e, air dha bhi air 'ath-bheothachadh, agus air 'ath-nuadhachadh leis an Spiorad Naomh, air a' dheanamh comasach, trid sin, air a' ghairm-se a fhreagairt, agus an gràs a tha air a thairgseadh agus air a chomhpairteachadh inute a ghabhail d'a ionnsuidh."

Caib. XI. § 1.—“ An dream a tha Dia a' gairm gu h-éifeachdach, tha e mar an ceudna 'g am fireanachadh gu saor ; cha-n ann le fireantachd a chur annta, ach le am peacadh a mhaithheadh dhoibh, agus le bhi a' meas agus a' gabhail ri 'm pearsaibh mar Fhìreanaibh ; cha-n ann airson ni air bith a tha air 'oibreachadh annta, no air a dheanamh leo, ach airson Chrìosd 'n a aonar ; cha mhò is ann le bhi a' meas dhoibh, mar am fireantachd au creidimh e féin, gnìomh a chreidsinn, no ùmhlachd shoisgeulach air bith eile ; ach le ùmhlachd agus dioladh Chrìosd a mheas doibh, air dhoibh a bhi 'gabhail agus a' socrachadh air Crìosd agus air 'fhìreantachd trid creidimh ; agus cha-n 'eil an creidimh uatha féin, is e tiodhlac Dhé e."

Caib. XIV. § 2.— . . . “ Ach is iad gnìomharan àraidh a' chreidimh shlàiteil, aontachadh ri Crìosd, gabhail ri Crìosd, agus socrachadh air 'n a aonar chum fireanachadh, naomhachadh, agus beatha shuthainn, o bhrìgh Cùmhnant nan gràs."

Ged nach robh eadar-dhealachadh beachda, no deasboireachd mu 'n Treas Caibdeil de 'n Leabhar-aideachaidh anns a' cho-labhairt, dh' aontaich a' Bhuidheann-shònrachta, air sgàth meudachaidh soluis, gu 'n cuireadh iad sìos a' chuibhrionn mu dheireadh de 'n t-seathamh earrainn de 'n chaibdeil siu mar a leanas, eadhon :—

Caib. III. § 6.—“ Mar a dh' òrduich Dia na daoine taghta chum glòire, is amhluidh le rùn sìorruidh agus ro-shaor a thoile, a roimh-òrduich e na h-uile meadhan a chum sin. Uime sin iadsan a tha air an taghadh, air tuiteam dhoibh an Adhamh, tha iad air an saoradh le Crìosd, air an gairm gu h-éifeachdach chum creidimh ann an Crìosd, leis an Spiorad Naomh ag oibreachadh ann an àm ion-chuidh ; tha iad air am fireanachadh, air an uchdmhachadh, air an naomhachadh, agus air an coimhead le a chumhachd trid creidimh chum slàinte. Agus cha-n eil dream air bith eile air an saoradh le Crìosd, air an gairm gu h-éifeachdach, air am fireanachadh, air an uchdmhachadh, air an naomhachadh, agus air an sàbhaladh ach na daoine taghta a mhàin."

A thuilleadh air sin dh' aontaicheadh ris, airson na criche ceudna, na h-earrainn-ean a leanas a thabhairt á Leabhar Farsuinn nan Ceisd, ged nach 'eil sin 'n a Leabhar-dhearbhaidh 's an Eaglais Shaoir, ris an fheadar do mhinisdeiribh agus do sheanairibh an ainmean a chur :—

Ceisd 30. Am bheil Dia a' fàgail a' chinne-dhaoine uile gu bhi cailte ann an staid peacaidh agus truaighe? *Am freagradh.* Cha-n 'eil Dia a' fàgail a' chinne-dhaoine uile gu bhi cailte ann an staid peacaidh agus truaighe, anns an do thuit iad trid briseadh a' cheud Cùmhnanta, do 'n goirear gu coitichionn Cùmhnant nan gnìomh ; ach tha e o shaor ghràdh agus thròcair a' tearnadh a dhaoine taghta as an staid sin, agus 'g an toirt chum staid slàinte troimh 'n dara cùmhuant, d' an goirear gu coitichionn Cùmhnant nan gràs.

Ceisd 31. Co ris a rinneadh Cùmhnant nan gràs? *Am freagradh.* Bha Cùmhnant nan gràs air a dheanamh ri Crìosd, mar an dara Adhamh, agus ann-san ris na daoineibh taghta uile, mar a shliochd.

Ceisd 32. Ciamar a tha gràs Dhé air 'fhoillseachadh 's an dara cùmhnant? *Am freagradh.* Tha gràs Dhé air fhoillseachadh 's an dara cùmhnant anns gu bheil e gu saor ag ullachadh agus a' tairgseadh do pheacaich Eadar-mheadhonair, agus beatha agus slàinte troimh-san, agus ag iarraidh creidimh mar chumha chum còir a hhi aca air; a' gealltuinn agus a' tabhairt a Spioraid Naoimh d' a dhaoineibh taghta uile chum an creidimh sin maille ris na h-uile gràs slàinteil 'oibreachadh annta, agus an deanamh comasach chum gach uile ùmhleachd naoimh, mar dhearhadh soilleir air fìrinn an creidimh agus am buidheachais do Dhia, agus mar an t-slighe a dh' òrduich esan chum slàinte.

AN TREAS CEANN.—*An Riaghailt-teagaisg ann an Oil-thighibh nam minisdearan, agus oilcan agus dòigh fosglaidh-beil* fhoghlumach, agus riaghailtean a thaobh luchd-searmonachaidh nach do shuidhicheadh ann an co-thional.*

Air dhoibh mòran co-labhairt a hhi aca air a 'Cheann so, tha a' Bhuidheann-shònraichte toilichte a bhi 'factainn, gu bheil na h-eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt uile gu léir iarrtuineach gu 'm bitheadh minisdearan aca araon làn-fhoghlumte agus diadhaidh; gu bheil iad a' cleachdadh ach beag nan aon mheadhonan chum so; gu h-àraidh gu bheil iad ag agradh an aoin fhoghlum mu 'm bheil iad air an gabhail a stigh gu Oil-thigh nam minisdearan, agus an aoin ghné teagaisg anns an Oil-thigh; agus gu bheil iad a' còrdadh mu na riaghailtibh a thaobh luchd-searmonachaidh nach do shuidhicheadh ann an co-thional.

Tha a' Bhuidheann-shònraichte a' factainn gu bheil eadar-dhealachadh beachd' ann a thaobh a bhi a' sgaradh luchd-teagaisg 's an Oil-thigh o'n Co-thionailibh, agus a thaobh cò fad 's a bhùineadh do àm an teagaisg a leantuinn gach bliadhna. Tha a' Bhuidheann dearbhata as nach bitheadh e duilich rèiteachadh a dheanamh air a' chùis so, ach gur e an t-àm airson sin, an uair a rùnaichear an t-Aonadh a bhi ann, agus a theid a thoirt gu teach.

Cha-n' eil a' Bhuidheann-shònraichte a' meas gu bheil e 'n a dhleasdanas a nis a bhi 'tighinn gu co-dhùnadh 's am bith eile air puinc teagasg nam minisdearan, agus Riaghailtean a thaobh Luchd-searmonachaidh nach do shuidhicheadh ann an co-thional, ach a bhi 'rùnachadh, mar a tha iad a' rùnachadh nis, 'bhi a' leigeadh ris dhoibhsan a chomharraich iad, an taitneas mòr ann a bhi 'faicinn an aonachd iuntinn a tha am measg nan ceithir Eaglaisean air na puincibh a tha air an gabhail a stigh 's an treas Ceann de'n Chlàr-seòlaidh.

AN CEATHRAMH CEANN.—*An dòigh-taghadh air luchd-dreuchd, Riaghailt-suidheachaidh Ouirtean na h-Eaglais, agus an dàimh r'a 'chéile, agus dòigh toirt air adhart gnothwichean na h-Eaglais.*

Ann a bhi ag ath-raunsachadh an iomlain de na tha air a ghabhail a stigh fo'n Cheathramh Ceann de'n Chlàr-seòlaidh, tha a' Bhuidheann-shònraichte a' factainn, le mòr thlachd, gu bheil barail agus cleachdadh nan ceithir Eaglaisean ann an tomhas mòr a réir a chéile, a thaobh mar a hhuineadh do chomharrachadh, taghadh, breth air fiùdhalachd, agus 'cur air leth mhinisdearan agus sheanairean bhi air an riaghladh; agus gu bheil an aonachd-inntinn cheudna ann a thaobh riaghailt-suidheachaidh agus dhleasdanasan dligheach Chùirtean na h-Eaglais, a' mheud 'us nach eil eadar-dhealachadh ri fhaicinn ach na tha ag éiridh o Aireamh taghta a bhi 'deanamh suas gach bliadhna Ard-sheanadh na h-Eaglais Saoire, am feadh a tha na minisdearan uile agus Seanairean a réir riaghailt a' deanamh suas Seanaidhean nam Presbitereach Aonaichte, nam Presbitereach Ath-leasaichte, agus na h-Eaglais Presbitereich Sasannaich, air leth. Tha a' Bhuidheann a' factainn,

* Licensing.

mar an ceudna, leis an aon taitneas, gu'm hheil cleachdadh nan Eaglaiscan air an aon bhoun a thaohh gabhail a stigh hhall agus luchd-dreuchd do'n Eaglais, agus fosglaidh-beil fhoghlumach, agus gu'm bheil an cleachdadh air a shuidheachadh air an aon bhonn mar an ceudna, agus iad 'g a leantuinn an ire mhaith air an aon dòigh, ann a bhi 'cur an gnìomh Smachd na h-Eaglais, maraon anns na Cùirtibh iochdarach agus anns na Cùirtibh a 's àirde.

Tha mòr thlachd aig a' Bhuidhinn-shònrachta ann a bhi a' faotainn an aonachd-inntiunn so air a' Cheathramh Ceann de'n Chlàr-seòlaidh agus cha lèir dhoihh-san gu bheil aobhar eagal ann gu 'm faighear fo na bhuneas do dheadh riaghladh Eaglais Presbiterich a tha 'tighinn fo'n cheann-sa, ni a ruigeas a leas hacadh a chur air aonadh.

AN CUIGEAMH CEANN.—*Lagh agus cleachdadh nan Eaglaisean a thaobh Aoraidh Fhollaisich.*

Air do'n Bhuidhinn-shònrachta amharc le cùram air na puincibh a thugadh fo'n aire 's a' Chuigeamh Ceann de'n Chlàr-seòlaidh, tha iad a' faotainn gu hheil mòran aonachd-inntiunn ann a thaohh araon beachd agus cleachdadh nau ceithir Eaglaisean air na puincibh sin. Tha iad uile ag aontachadh ri bhi a' deanamh aithnichte a réir cainnt na cuibhrinn mu dheireadh de'n cheud earrainn de'n Aon Chaibdeil thar fhichead de Leabhar-aideachaidh na h-Iar-mhinsteir, gu bheil "am modh taitneach chum aoradh a dheanamh do'n Dia fìor, air 'òrduchadh le Dia féin, agus a chrìochan sin air an suidheachadh le a thoil fhoillsichte féin, chum nach bitheadh aoradh air a dheanamh dha a réir mac-meanmhainn agus innleachdan dhaoine, no combairlean Shàtain, fo Shamhlaidhibh faicsinneach air bith, no air mhodh air bith eile nach 'eil òrduichte 's na Sgrìobtuiribh Naomha." Tha iad uile mar an ceudna ag aontachadh ri bhi 'cur an cèill a réir cainnt na ceud cuibhrinn de'n dara earrainn de 'n Fhicheadamb Caibdeil de'n Leabhar-aideachaidh, gur e "Dia a mhàin a 's uachdaran air a' choguis, agus gu 'n d' fhàg e saor i o theagasg-aibh agus o aitheantaibh dhaoine a tha ann an ni air hith an aghaidh 'Fhocail, no eadhon a thuilleadh air 'Fhocal, ann an cùisibh creidimh no aoraidh." Tha iad nìle mar an ceudna ag aontachadh ris a' phuinc-sa ged nach 'eil i chum tearnaidh, gu 'm buineadh do aon dòigh aoraidh air fad bhi air a leantuinn, agus do shlighibh roinneach bhi air an seachnadh, a réir geallaidh mhinisdearan agus sheanairean aig àm an cur air leth, anns na ceithir eaglaisibh, cho fada 's a chi an Eaglais gu hheil sin a chum eideachaidh spioradail. Tha a' Bhuidheann-shònrachta a' faotainn gu hheil na trì stéidh-bheachdan a tha air an gabhail a stigh 's na h-earrainnibh 'ud a' riaghladh cleachdadh nan ceithir Eaglaisean, agus gu hheil gach ni fo'n Cheann so de 'n Chlàr-seòlaidh fo uachdranachd Chùirtean na h-Eaglais agus fo'n riaghladh.

Tha a' Bhuidheann-shònrachta a' faotainn gu hheil còrdadh anns na h-uile ni 's am hheil hrigh eadar na ceithir eaglaisean a thaobh dòigh cleachdadh na h-ìrnuidh follaisich, a thaohh rian an aoraidh fhollaisich, a thaohh an rian air moladh Dhé a sheinn, agus dòigh frithealaidh òrduighean a' Bhaistidh agus Suiper an Tighearna. Tha beagan eadar-dhealachaidh cleachdadh 'n am measg a thaobh coimhead nan orduighean sin, agus a thaobh seinn laoidhean ann an aoradh Dhé; ach cha-n 'eil a leithid a dh 'eadar-dhealachadh ann 'us a thaobh sin no ni eile fo'n Cheann so, tha coslach ri hacadh a chur air aonadh am measg nan Eaglaisean.

AN SEATHAMH CEANN.—*Meud an eadar-dhealachaidh beachd' a tha am measg nan Eaglaisean a thaobh fòghlum na h-òige, agus mu'n Eaglais a bhi 'gabhail airgid na Rìoghachd airson a sgoilean.*

1. Tha a' Bhuidheann-shònrachta a' faotainn gu bheil na h-eaglaisean uile de'n aon bheachd ann a bhi ag iarraidh sgoilean bhi air an cumail suas leis an Rìoghachd, agus air gu 'm huineadh do theagasg na h-òige bhi air a stéidheadh air Focal Dhé, agus gu 'm huineadh do fhàrinn Dhé a thaobh creidimh agus cleachdadh, mar a tha i air a foillseachadh ann an sin, bhi air a sparradh orra gu teann.

2. Gu 'm hheil eadar-dhealachadh beachd' ann am measg nan Eaglaisean so a

thaobh an àit' a bhuneas do 'n rìoghachd aimsireil ann a bhi ag ullachadh a leithid sud de theagasg do 'n chloinn, a réir 'us mar gheibhear fo'n cheud Cheann de 'n Chlár-seòlaidh a thaobh dleasdanas an Fhìr-riaghlaidh aimsireil òrduighean eaglais Chrìosd a chumail suas.

3. Gu bheil iad a' creidsinn, nach 'eil aon ni, air bhonn coguis, aig aon air bith de na h-eaglaisibh an aghaidh an rìoghachd a bhi 'cuideachadh teagasg ann an eòlas air nithibh aimsireil, an uair nach agair i còir a bhi 'bacadh luchd-riaghlaidh sgoile o bhi a' teagasg firinn Dhé; agus fadheòidh, a thaobh mar bhuneadh a bhi anns na sgoilibh a tha a nis a' faotainn cuideachaidh o'n rìoghachd, gur éigin do 'n Eaglais Aonaichte sin a shuidheachadh 'n uair a thig an t-àm.

Ag amharc air na co-dhùnaidhìbh ud, tha a' Bhuidheann-shònraichte a' cur sìos an so iomradh air an tlachd a bh 'aca ann a bhi 'faicinn gu 'm faod bacadh 's am bith air aonadh am measg nan Eaglaisean, a dh' fhaodadh éiridh fo'n Cheann-sa de 'n Chlár-Seòlaidh, bhi air a thoirt as an rathad gun mhòr thrioblaid.

AN SEACHDAMH CEANN.—*Gnothuch ionmhais agus Maoin eile na h-Eaglais; a' fìlleadh ann Ionmhas-beathachaidh* theachdairean na h-Eaglais Saoire, Còirichean,† frithealadh gnothuichean aimsireil na h-Eaglais le luchd-riaghlaidh,‡ agus le Cùirtibh Dheaconan agus an leithide sin.*

A thaobh Ionmhas-beathachaidh theachdairean:—

Gun a bhi, aig an àm, a' tairgseadh Riaghailtean a dhealbhadh airson gnothuch au ionmhais ann an Eaglais Aonaichte 'òrduchadh, tha a' Bhuidheann-shònraichte a' cur sìos na leanas mar earrainnean de Theistean a dh' fhaodadh bhi air a dhealbhadh:—

I. Tha sinn uile de'n inntinn gu'm buineadh do sùim àraidh nach fhaodadh a lughdachadh,§ bhi mar theachd-a-stigh aig minisdeiribh, agus nach buineadh dha bhi uair air bith fo £150.

II. Tha sinn uile de'n inntinn gu'm buineadh do Ionmhas Coitchionn|| a bhi ann chum an teachd-a-stigh ud 'ullachadh, air chor agus gu'm faod an dream a tha làidir iadsan a tha lag a chuideachadh, air dhòigh rianail agus bhràithreil le chéile, agus gu'm faod an Eaglais òrduighean an t-soisgeil a chumail suas air feadh na tìre.

III. Tha sinn uile de 'n inntinn gu'm buineadh do Ard-sheanadh na h-Eaglais Aonaichte meadhanan a chleachdadh, a réir agus mar a dh' fhaodas e, chum gu'm bitheadh Comunn-cruinneachaidh¶ anns na h-uile co-thìonal airson an Ionmhais Choitchin a chuideachadh.

IV. Tha sinn uile de 'n inntinn gu'm buineadh e do na h-uile co-thìonal, meadhanan an t-Soisgeil a chumail suas 'n am measg féin, gu h-àraidh teachd-a-stigh a' mhinisdeir aca fhéin 'ullachadh, ma tha e 'n an comas sin a dheanamh.

V. Tha sinn uile de 'n inntinn gu'm buineadh e do Ard-sheanadh na h-Eaglais Aonaichte, anns cho fad 'us a dh' fhaodas e idir, cleachdadh nan co-thìonailean uile a thaobh cumail suas na minisdeireachd agus adhartas a thoirt do 'n Ionmhas Choitchin agus feum a dheanamh dheth, a thoirt gu bhi a réir a chéile.

VI. Tha sinn uile de 'n inntinn, ma 's e 'us gu'm bi Comunn-cruinneachaidh air a shuidheachadh anns na h-uile Co-thìonal air son an Ionmhais Choitchin a chuideachadh, gu'm faod Co-thìonailean suidhichte na h-Eaglais bhi air an roinn, 's a' cheud àite, le sùil ris an aonachd-cleachdadh ud, mar a leanas, cadhon:—

1. Co-thìonailean a tha 'faotainn cuideachaidh, is e sin, Co-thìonailean a tha 'cur na tha na Comunn-cruinneachaidh aca a' tionail, agus tabhartais 's am bith eile airson beathachaidh a' mhinisdeir, a dh' ionnsuidh an Ionmhais Choitchin, ach a tha ag gradh agus a' faotainn na 's mò as an Ionmhas sin na tha iad

* Sustainment Fund.
§ Minimum Dividend.

† Titles.
|| A Central Fund.

‡ Managers.
¶ An Association.

a' cur ann, chum teachd-a-stigh a' mhinisdeir aca fhéin, aig a' cheum a's lugha, a dheanamh snas, no a' chòir a thig air a réir 'us mar gheihh minisdearan eile.

2. Co-thionaillean a chumas snas am minisdear aca féin, a chuireas na thionaillean na Comuinn-cruinneachaidh aca a dh' ionnsuidh an Ionmhais Choitcheinn, agus a gheihh as teachd-a-stigh am minisdeir, aig a' cheum a's lugha, no a' chòir a thig air a réir 'us mar gheihh minisdearan eile.

3. Co-thionaillean a chumas suas na minisdearan aca fhéin, a tba 'cur na tha an Comunn-cruinneachaidh a' tional a dh' ionnsuidh an Ionmhais Choitcheinn, agus nach 'eil a' tarring an còir as, ach a tha 'toirt a theachd-a-stigh do 'm minisdear á ionmhas eile a' cho-thionail; a' toirt fios air na tha am minisdear a' faotainn do 'n Bhuidhinn-shònràichte air am bheil cùram an Ionmhais Choitcheinn, agus aig am hheil an t-sùim a tha air a toirt da air a cur sios ann an leabhraichibh na Buidhne, mar shùim a dh'ìoc agus a fhuair an Co-tbional airson am minisdeir.

VII. Tha sinn uile de 'n inntinn gu 'm huineadh do Ard-sheanadh na h-Eaglais Aonaichte meadhonan a chleachdadh, a leithid agus a fhuairleadh éifeachdach roimh an Aonadh ann an aon air hith de na h-Eaglaisibh, agus a dh'fhaodas an Eaglais Aonaichte a mheas dligheach agus iomchuidh, chum sparradh air Co-thionailibh an dleasdanas a bhi' togail 'n am measg féin shùm à ruigeadh air teachd-a-stigh a' mhinisdeir aca fhéin aig a' cheum a's lugha, ma's urrainn iad sin a dheanamh; chum cathachadh air co-thionailibh nach 'eil 'togail na tha iad a' faotainn, an dleasdanas a thaobh a bhi 'tabhairt do'n Ionmhais Choitcheinn, mar dhleasdanas àraidh, a bhuneadh maille ri tabhartasaidh airson cosguis iomchuidh eile a' Cho-thionail, agus tabhartasaidh airson craobh-sgaoilcadh an t-soisgeil agus sgoilean, àite toisich hhi agh thar aohhar air bith eile; agus airson a bhi 'treòrachadh nan Co-thionaillean a dh'ionnsuidh fialaidheachd a chleachdadh do 'n Ionmhas ud, ann an tomhas reusonta a réir an comais.

VIII. Tha sinn uile de 'n inntinn gu 'm huin e do dheatha na h-Eaglais gu 'm hitheadh Co-thionaillean de lchd-éiseachd a thionailleadh a stigh ann an àitibh hochda, agus co-thionaillean a thionailleadh ann an àitibh a hha roimhe fàs, air an cur ris an Eaglais, agus cudthrom an cumail suas air a leagadh air an Ionmhas Choitcheinn; ach cha-n' eil a' Bhuidhcaum Cho-cheangailte 'g a mheas freagarrach, aig an àm, a bhi a' dealbhadh nan riaghailtean a réir an gabhadh sud a dheanamh gu rianail agus gu ceart.

Bha co-labhairt aig a' Bhuidhinn a thaohh an rohh dòchas ann gu'n gabhadh £150 a thogail mar theachd-a-stigh mhinisdearan aig a' cheum a's lugha, 's an Eaglais Aonaichte. Bha a' Bhuidheann de'n bharaill gu'n robh buill nan caochladh Eaglaisean làn chomasach air an t-sùim ud a thogail.

A thaobh Dheaconan agus Luchd-riaghlaidh :—

Thòisich a' Bhuidheann-shònràichte air co-labhairt mu Ionmhas na h-Eaglais hhi air a riaghladh le Luchd-riaghlaidh agus le Cùirtibh Dheaconan, agus an dàimh 's an rohh Chirtean na h-Eaglais agus Co-thionaillean r'a chéile a thaohh sin. Fhuairleadh nach robh eadar-dhealachadh beachd' ann a thaobh na bha Focal Dhé a' foillseachadh air an nì; agus nach robh eadar-dhealachadh ann 's an rohh dad de shùim a thaohh cleachdaidh, ach an co-cheangal ri meud an ùghdarrais a bhuneadh do na co-thionailibh anns na h-Eaglaisibh air leth, no do 'n àit' a thugadh do Dheaconaidh agus do Luchd-riaghlaidh, mar dhaoine a thaghadh airson fad' an heatha, no airson ùine a mhàin, no a thaohh iad hhi air an cur air leth gu sòlamach leis an t-Seisean, no a hhi air an combarrachadh a mhàin leis a' cho-thional.

Tha na h-Eaglaisean nìle 'tha 's a' cho-labhairt de 'n inntinn gu bheil dreachd an Deacoin air 'òrduchadh le Dia, agus tha iad de 'n aon inntinn a thaobh an dleasdanas a bhuneas da. Tha co-thionaillean anns na h-Eaglaisibh nìle anns am hheil Deaconan. Anns an Eaglais Shaoir gheibhear iad ach heag anns na h-uile Co-thional,—agus anns an Eaglais sin is ann le Deaconaidh ann an co-cheangal ri Seanairibh, agus a' suidhe mar Chùirt Dheaconan a tha gothuichean aimsireil nan Co-thional air an riaghladh. Anns na h-Eaglaisibh eile, gu h-àraidh anns an Eaglais Aonaichte Phresbitereich, agus anns an Eaglais Phresbitereich Ath-

Jeasaichte, cha-n 'eil na Deaconan ach gann. Anus na h-Eaglaisibh sin tha gnòth-uichean aimsireil nan co-thionail air an riaghladh, mar a 's trice, le Luchd-riaghlaidh. Tha an Luchd-riaghlaidh sin air an taghadh le buill a' cho-thionail aig coinnimh a tha air a chruinneachadh chum na crìche sin. Tha iad air an taghadh airson ama ghoirid, agus cha-n fhaodar duine air bith a thaghadh ach ball de 'n cho-thional. Air dha dealachadh ris a cho-thional, tha am Fear-riaghlaidh, air ball, a call a dhreuchd.

A thaobh Maoin agus Còirichean:—

Cha-n 'eil a' Bhuidheann-shònraichte a' meas gur urrainn Iomradh coimhlionta bhi air a thoirt seachad aig an àm, do bhrìgh nàdur na cùise. Ach airson a' chùis a shoillseachadh, tha iad a' gairm aire luchd-leughaidh a dh' ionnsuidh Iomraidh, a rinneadh le Buidhinn bhig* de 'n àireimh, a tha an ceangal ri so.

Cha-u 'eil a' Bhuidheann Cho-cheangailte, air dhoibh bhi ag amharc air na co-dhùnaidhibh air an t-Seachdamh Ceann de 'n Chlàr-seòlaidh, a' faiciun ni air bith a ruigeas a leas bacadh a chur air aonadh eadar na h-Eaglaisean.

AN T-OCHDAMH CEANN.—*An riaghailt a réir am bheil daoine air an gabhail a stigh chum comhpairt de na Sàcramaidibh.*

Air do chonaltradh a bhi aca, fhuair a' Bhuidheann-shònraichte gu 'n robh còrdadh anns gach ni a tha cudthromach, mu na cumhachan agus an dòigh 's am bheil daoine air an gabhail a stigh chum comhpairt de na Sàcramaidibh.

AN NAOTHAMH CEANN.—*Dàimh nan Eaglaisean, ma theid an aonadh, ri minisdearibh agus ri co-thionailibh an taobh a mach do chrìocharibh Alba.*

Air dha bhi air a thuigsinn, nach 'eil ni 's am bith a tha a' Bhuidheann so a' comhairleachadh, air a' Cheann so, no air Ceann eile de 'n Chlàr-seòlaidh, gu bhi air a mheas mar ni nach fhaodar 'atharrachadh, no a bhuineadh a thogail mar gu 'n robh e gu thiginn an àite na breth a bheir an t-Ard-sheanadh 's a' cheann mu dheireadh, an uair a thig a' chùis rompa, ach a mhàin gu bheil e a' nochdadh c'àite am faighear, a réir coslais, bonn airson còrdadh fallan an measg nan Eaglaisean, an uair a thig an t-àm, tha a' Bhuidheann-shònraichte ag iarraidh a bhi' cur sìos mar a leanas, mar ni air am bheil iad uile a dh' aon bheachd.

I. Gu 'm bheil e ri mbiannachadh ann an aonadh air bith a dh' fhaodas bhi air a dheanamh eadar na h-Eaglaisean, gu 'm bi uachdranachd eadar-dhealaichte agus shaor anns gach earrainn de na h-Eaglaisibh a th' air an aonadh, maraon ann an Alba agus ann an Sasunn.

2. Ann an suidheachadh air bith a dh' fhaodas bhi air a mheas iomchuidh do thaobh an da earrainn sin de 'n Eaglais, is éigin an aonachd a leigeadh ris, agus a chumail suas.

Tha na leanas a' nochdadh an dòigh a 's fearr, a réir coslais, air na beachdan ud a chur ann an cleachdadh:—

I. Gu 'm buineadh do na h-Eaglaisibh a nis ann an co-labhairt r' a chéile bonn-aonaidh a dhealbhadh, ris an gabh iad uile, agus a dheanadh soilleir gur e th' ann aon Eaglais, a thaobh sin.

II. Gu 'm bi Cùirtean Eaglais ann an Sasunn agus ann an Alba le chéile, airson nan Eaglaisean mar so air an aonadh, le uachdranachd eadar-dhealaichte agus làn shaor aca; agus a thaobh so, gu 'm bi iad 'u an dà Eaglais, a' h-aon ann an Sasunn agus aon eile ann an Alba.

III. Gu 'm faodadh aonachd nan Eaglaisean ud bhi air a deanamh soilleir air a leithid de dhòigh 's a leanas:—An t-aon ainm bhi aca; a bhi 'gabhail ri luchd-searmonachaidh, ri minisdearibh, agus ri buill a chéile; co-oibreachadh le chéile ann a bhi 'craobhsgeoil an t-soisgeil; buill bhi air an cur o na h-Ard-sheanaidhibh a chur fàite air a chéile, agus chum a chabhar; agus àrd-chomhairle a bhi ann, a choinnicheadh aig amaibh àraidh, no mar a dh' fhaodadh

* Sub-committee.

cuiseau agradh, leis a' chumhachd aice fo riaghladh, le sùil ri uachdaranachd shaoir nan Cùrtean anns na h-Eaglaisibh air leth.

AN DEICHEAMH CEANN.—*A' bhuaidh 'bhitheas aig an Aonadh a tha 's an amharc air na meadhonaibh a tha air an cleachdadh leis na h-Eaglaisibh ud air leth ehum craobhsgaoileadh an t-soisgeil ann an tìrìbh éin.*

“Mar thoradh air a' cho-labhairt air a' phuinc-sa, fhuair eadh gur e beachd nan eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, mar eaglaisean, gur e rùn siorruidh Dhé gu 'm bitheadh saoghal millte, cailte, air a thoirt fo bhuaidh au t-soisgeil, mar a gheibhear ann an iomadh earraim de na Sgrìobtuiribh; a thuilleadh air sin, gu bheil iadsan fo fhiachaibh, le sùil ri beannachadh Dhé, a bhi 'dheanamh dichill chum a chrìoch ghlòrmhor so a thoirt gu teach, a réir gnè agus brìgh ùrnuidh an tagraidh a rinneadh leis an t-Slànuidhear, agus ùghdarrais na h-àithne deireannaich aige; gu bheil luchd-craobhsgaoilidh an t-soisgeil air an cur a mach leo uile gu tìrìbh éin, no a dh' ionnsuidh nam Fìneachan air feadh na talmhainn nach do chreid ann an Crìosd; gu bheil iad de'n aon inntinu a thaobh mar a bhùineadh do'n obair ud bhi air a riaghladh; gu bheil ua cearnaidhean de 'n talamh 's am bheil iad a' saothrachadh air leth air an roghnachadh air chor 'us nach fhaighear iad ann au rathad a chéile; gu bheil an luchd-saothrachaidh, far am faod e bhi, anu an dlù dhàimh bràthaireil r'a chéile air fad; gu bheil an obair air a cumail suas le tabhartasaibh bliadhnaì o'n t-sluagh; agus nach 'eil ni air bith r'a fhaicinn fo 'n cheann so a ruigeas a leas bacadh a chur air aonadh.”

AN T-AON CHEANN DEUG.—*Dàimh na h-Eaglais Aonaichte, 'n a h-Earrainnibh air leth, ri Eachdraidh Eaglais na Tìre; gu h-àraidh a thaobh dleasdanas agus freagarrachd a bhi 'suidh-eachadh an Aonaidh air bonn a nochdas gur i ann am fìrinn Eaglais Ath-lcasachta na h-Alba.*

Tha an Cunntas a tha a' leantuinn nan nithean mu'm bheil còrdadh ann fo'n Cheud Cheann de 'n Chlàr-seòlaidh, a réir coslais, na 's leòr chum na nithean a tha feumail a ràdh an co-cheangal ri eachdraidh na h-Eaglais, aig an àm àraidh so; agus ma chithear iomchuidh gu 'm bitheadh teistean na 's farsuinn ann, bhùineadh do sin 'bhi air 'ullachadh an uair bhitheas bonn aonaidh air a dhealbhadh agus air 'aontachadh ris.

AN CO-DHÙNADH MU RIAGHAILTIBH-AIDEACHAIDH.*

Thòisich a' Bhuidheann-shònrachta air conaltradh a thaobh nan riaghailtean-aideachaidh a tha air an cleachdadh anns na h-Eaglaisibh air leth, agus air puincibh eile de 'n t-seòrsa, an co-cheangal ri Iomradh Buidhne na h-Eaglais Saoire m'an timchioll. Air dhoibh briathran nan Riaghailtean-aideachaidh air leth a choimeas r'a chéile, agus na ceisdean a tha air an cur ri luchd-dréuchd aig àm an bheir air leth agus an gabhail a stigh, agus ri foghlumaich mar an ceudna, mu'm bheil iad a factainn fosgladh-beil mar luchd-searmonachaidh, agus air do cho-labhairt a bhi aca mu 'n déighinn, tha a' Bhuidheann-shònrachta a nis a' sgrìobhadh sios teistean air an toilinntinn a th'aca anu a bhi a' faicinn nach 'eil eadar-dhealachadh seadha 's au amharc, anns na caochladh briathraibh a th' air an cleachdadh ann a bhi 'cur aonta ri Leabhar-aideachaidh-creidimh na h-Iar-minsteir, agus nach fhaicear ni 's am bith anns an eadar-dhealachadh cainnt a tha au sin gu bhi 'bacadh aon riaghailt-aideachaidh 'bhi aig na h-Eaglaisibh. Anns a' cho-dhùnadh so, cha-n 'eil a' Bhuidheann a' toirt breth 's am bith a thaobh an dòigh

* Formulas.

anns am bheil beachdau nan Eaglaisean air leth mu dhaimh an Fhir-riaghlaidh aimsireil ris a' chreidimh agus ris an Eaglais air an cur sìos anns na caochladh Riaghailtibh-aideachaidh, no air an dòigh 's am buineadh do 'n Eaglais Aonaichte a tha 's an amharc, an ni a shuidheachadh, 's an riaghailt a bhitheas ann. Cha tig an t-àm airson a leithid a riaghailt-aideachaidh a dhealbadh gus am bi bonn aonaidh air ullachadh le'n aouta gu léir.

CO-DHUNADH COITCHIONN.

Air dhoibh a nis dol thairis air na cinn gu léir air an robh rannsachadh r'a dheanamh a réir a Chlàir-seòlaidh, agus air dhoibh ath-rannsachadh a dheanamh air na co-dhùnaidhibh gus an d'fhainig iad air na caochladh puincibh cudthromach a bha am measg làimh, tha a' Bhuidheann Cho-cheangailte mu'u Aonadh ag iarraidh a bhì gu h-iriosal agus le buidheachas ag aideachadh làimh maithe an Tighearù' orra, ann an toirt cho fad air an adhart a dh'ionnsuidh coimhleanadh na h-oibre a dh'earbadh riu. Rùnaich iad mar an ceudna a sgrìobhadh sìos mar an dòchas dùrachdach, an uair a nithear iomradh air toraidhibh saothar na Buidhe ann an Ard-sheanaidhibh nan Eaglaisean a tha 's a' cho-labhairt, gu'm faic na h-Ard-sheanaidhean sin iomchuidh an cur au clò, chum fios a thoirt do Chùirtibh agus do Cho-thionailibh nan Eaglaisean air leth, agus chum gu'm beachd-smuainicheadh iadsan orra le ùrnuidh; air chor agus leo sud, no le meadhuaibh air bith eile a dh'fhaodas Ard-sheanaidhean nan Eaglaisean a chleachdadh, gu'm bi intinn nan Eaglaisean air a h-ullachadh airson 'leithid a cheumaibh a leantuinn anns a' chùis 's a bhitheadh feumail airson suidheachadh freagarrach a dheanamh air an ni mhòir so, mu'n do thòisich an co-labhairt air an Aonadh gu sòlamach agus le aon ghuth o cheann sè bliadhna.

LEASACHADH AIR CO-DHUNAIDHIBH NA BUIDHNE-SÒNRAICHTE.

Iomradh le Buidhinn bhig de 'n Bhuidhinn, a thaobh Maoin, Còirichean, agus Ionmhais.*

I. A thaobh a'mhaoin a bhuineas do 'n Eaglais Shaoir, bha Sgrìobhadh air a chur a stigh 's an t-Samhradh 1865 chum Rùnadair† na Buidhne-sònraichte mu'n Aonadh, a thaobh ionmhais agus maoin na h-Eaglais Saoire, mar a bha iad aig an àm, agus mar a bha iad air an cur a mach air riadh; agus tha sinn ag iarraidh a bhì a' gairm aire a dh'ionnsuidh au sgrìobhaidh sin. B'e ionmhas na h-Eaglais air an 31mh là de 'n Mhairt air a' bhliadhna 1865, a' gabhail a stigh ann an t-airgiod a chaidh a thional 's a chur a mach air riadh chum cuideachaidh Bhantraichean mhinisdearan, £287,841, 19t. 9d., agus air an aon là 's a' bhliadhna 1867, £326,763, 18t. 1d.

Tha an Sgrìobhadh a thuilleadh air sin a' cur an céill nach 'eil e 'n a ni a ghabhas deanamh a thighinn faisg air meas a dheanamh air maoin eile na h-Eaglais mar a tha Eaglaisean, tighean sgoile, 's an leithid sin, agus gu bheil iomadh cruinneachadh leabhraichean, sgrìobhaidhean, agus neònachas,‡ air feadh

* Sub-committee.

† Secretary.

‡ Museums.

na tíre, agus aig àitibh àraidh an tìrìh eile, nach urrainn iadsan an luach a mheas. Thogadh iomadh eaglais, tigh minisdeir, agus tigh sgoile o 'n bhliadhna 1865; ach cha-n urrainn a' Bhuidheann aon chuid an luach no 'n àireamh innseadh. An uair a h-a an sgrìobhadh ud air a chur a stigh, bha na còirichean-sgrìobhta aig 443 eaglaisean, 392 tighean mhinisdearan, agus 176 tighean sgoile, air an cur seachad ann an àite tearuinte a dh' ulluicheadh leis an Eaglais 's an Oil-thigh Shaoir, ach bha 364 àitean ann far an robh eaglaisean aig nach do chuireadh na còirichean-sgrìobhta air adhart chum an tasgadh.

Tha a' Bhuidheann bheag air fios fhaotainn o fhear-coimhead nan còirichean-sgrìobhta, gu hheil na còirichean aig 22 eaglais, 14 tighean mhinisdearan, agus 7 tighean sgoile air an cur anns an iomad-tasgaidh o shamhradh 1865.

Tha a' Bhuidheann bheag, gun chomas air a ràdh ciod an àireamh a dh' eaglaisihh agus a thighibh eile a ghabhadh a réir na Còire-sgrìobhta a thugadh mar eisempleir do 'n eaglais*; ach is i am barail o na chual'iad, gu 'm faod iad a ràdh gu'n d'rinneadh mòr fheum de'n chòir-sgrìobhta sin ann a bhi ag ullachadh còirichean-sgrìobhta na h-Eaglais air fad.

A chionn 'us gu hheil e soilleir o sgrìohhaidhìh a chunnacas o cbeann ghoirid anns na Paiperibh-naigheachd gu 'm hheil mearachd anns a bheachd a' th' aig cuid a thaobh au cumhachd a tha air a thoirt do na cileadairihh† fo 'n chòir-sgrìobhta a thugadh mar eisempleir, agus a réir an d' rinneadh na còirichean-sgrìobhta fo 'm bheil iad, bhitheadh e iomchuidh ann an so brìgh na còire-sgrìobhta ud iomradh gu h-aithghearr.

O'n aon de na còirichihh-sgrìobhta ud a chuireadh air heulaobh na Buidhne-sònraichte, chithcar gur e a' cheud ni a tha 's an amharc anns a' chòir a thugadh, a thaobh eaglaisean, gu 'm hheil iad gu bhi air an cleachdadh mar àitean acraidh o 'n àm-sa a mach le co-thìoual de 'n Chomunn air am bheil mar ainm Eaglais Shaor na h-Alba, no de Chomunn Aonaichte air hith de Chriosduidhìh air a dheanamh suas dhiubhsan agus de Chomunn no de Chomuinn eile de Chriosduidhìh a dh' fhaodas an Eaglais Shaor a ghabhail a stigh maille rithe fo ainm Eaglais Shaor na h-Alba, no fo ainm air bith eile a dh' fhaodas iad a rogh-nachadh.

Is e an dara ni a tha 's an amharc anns a' Chòir-sgrìobhta, a hhi 'cur an céill nach bi e laghail do neach air bith agradh fa chomhar an lagh' aimsireil o na cileadairihh saorsa bhi aige air searmonachadh, etc., anns an eaglais, le stùl ri hhi ag éigineachadh nan cileadaran a thaobh an fheum a nithear de 'n eaglais, ach le làn aonta Ard-Sheanaidh na h-Eaglais ud, no na h-Eaglais Aonaichte ud, no a *Commission*.

Tha earrainnean eile a' leantuinn, a' suidheachadh mar a tha an eaglais gu hhi air a cleachdadh fo 'n Chòir-sgrìobhta so a thugadh mar eisempleir.

Is e an naothamh ni a tha 's an amharc anns a' Chòir-sgrìobhta so, a bhi ag ullachadh mu cho'ninnmh eadar-sgarachduinn a dh' fhaodas éiridh mar so, eadhon,— Ma tha an tritheamh cuid, no tuilleadh, de mhinisdearaihhdh suidhichte, air am bheil cùram co-thionail 's an Eaglais, no 's an Eaglais Aonaichte ud, a' rùnachadh, ceart comhlath, no an taobh a stigh de thrì mìosaibh, cha-n e mhàin iad fhéin a sgaradh gu follaiscach o 'n Eaglais no o'n Eaglais Aonaichte ud, ach aig an àm cheudna a hhi ag agradh agus a aideachadh gu follaiseach gu hheil iadsan gu treibldhireach a' leantuinn ri stéidh-bheachdaih a *Phrotest* a thogadh air an 18mh la de 'n Mhàigh 1843, agus a bhi a' gluasad a réir na bha air a chur sìos anns a' *Phrotest* ud air dhòigh na 's firinniche na 'n àireamh a 's mò de 'n Eaglais no de 'n Eaglais Aonaichte ud, agus gu 'n lean iadsan r'a chéile mar aon Chomunn de Chriosduidhìh de Seiseanaihh, Cléirihh, etc., aca, bithidh e laghail do 'n àireamh a 's mò de cho-thional aig am bheil an eaglais ud, a shuidheachadh agus a chur an céill, le sgrìobhadh, gu 'm bi an eaglais, agus an talamh air am hheil i, air an coimhead ann an co-cheangal ris a' Chomunn de Chriosduidhìh a tha 'leantuinn ris na minisdearaih a sgaras iad fhéin, agus 'agradh o na cileadairihh an talamh agus an aitreabh a thogadh air a thoirt seachad do dhithis no thruiur a chileadairaih air an ainmeachadh anns an sgrìobhadh 's na chur iad a chùis an céill, chum an coimhead leo; agus hithidh a' chòir-sgrìobhta ùr sin, anns cho fad 's a dh' fhaodas e a hhi, anns na dearhh hhriathraihh a bha 's a' cheud chòir-sgrìobhta

* Model Trust-Deed.

† Disponees or Trustees.

agus de 'n aon bhrìgh, agus chum an Comunn de Chrìosduidhibh a sgar iad féin a chur anns an aon dàimh ris an talamh agus ris an aitreabh a th' air, 's a bha ann mu 'n d' thugadh seachd iad leis a' cho-thional a bha ag aoradh 's an eaglais, agus leis a' mhinisdear agus leis a' Chomunn no a' Chomunn Aonaichte agus a' chuid Seiseanaibh, etc.

Is e an deicheamh ni a tha 's an amharc anns a' Chòir-sgrìobhta, air do a leithid sùd de sgrìobhadh ùr bhi ann, gu 'm bi aig an dream a tha 'cur an ainm ris an sgrìobhadh 's am bheil a' chùis air a cur an céill, ri iocadh do 'u chuid a 's lugha de 'n cho-thional, agus air sgàth a' Chomuinn ud no a' Chomuinn aonaichte ud, ris an robh ceangal aca roimhe, roinn de 'n mheas a bhitheas air a dheanamh air an talamh agus air an aitreibh, a réir an àireimh.

Chuir an t-Ard-sheanadh aonta ris an dealbh còir-sgrìobhta sin 's an Achd XVIII. de 'n bhliadhna 1844, an lorg Iomraidh Buidhne air an robh Dr. Begg 'n a Cheann-suidhe. Tha e soilleir gur i a' chrìoch àraidh a bh' aig a' chòir-sgrìobhta, a bhi a' druideadh a mach Cùirt an t-Seisein o chomas a bhi aca, nan éireadh eadar-sgarachduinn 's an eaglais, a bhi' toirt breth a thaobh cò an earrainn de 'n eaglais bu dilse a bha anu a bhi 'cumail suas stéidh-bheachdan na h-Eaglais Saoire, agus a bhi 'coimhead aig gach co-thional cumhachd air a bhi' toirt breth air a shon féin mu 'n cheisd, ann an co-cheangal ri seilbh air gach maoin a bhuneadh do 'u cho-thional. Nan robh àireamh na 's lugha na trian gu bhi 'g an sgarachduinn féin, an sin bha gach maoin gu fuireach an seilbh aig an àireimh bu mhò. Ach nan éireadh gu 'n teicheadh trian de na minisdearaibh o 'n àireimh a 's mò, agus iad a ghabhail orra 'bhi na 's dilse ann a bhi 'cumail suas stéidh-bheachdan na h-Eaglais Saoire na a' chuid a 's mò, an sin tha cumhachd air a choimhead aig gach co-thional air leth a bhi' toirt leo, le aonta an àireimh a 's mò de na buill, maoin a' cho-thionail gu léir, cia b' e taobh de 'n Eaglais ris am maith leo leantuin. Bha a' chòir-sgrìobhta a thugadh do 'n eaglais mar eiseimpleir air a dealbhadh a réir comhairle a' Mhor-fhìr Rutherford, 'us Mhr. Dunlop fear-combairleachaidh na h-Eaglais ann an gnothuichibh lagha, le sùil àraidh ris a' chrìch ud, agus bh' barail nan daoine ainmeil ud, air dhoibh a chnuasachadh gu geur, gu 'm fòghnadh a' chòir ud mar a sgrìobhadh i chun na crìche. Tha a' Bhuidheann bheag so, uime sin, a' meas a thaobh uile mhaoin na h-Eaglais Saoire a tha i a' mealtuinn fo 'n chòir-sgrìobhta ud gu 'm faod cinntas bhi ann, ma 's e 'us uach teich trian de mhinisdearaibh sùidhichte na h-eaglais còmhluath, no an taobh a stigh de thri miosaibh, agus iad a' gabhail orra a bhi na 's dilse ann an stéidh-bheachdan agus crìochan àraidh na h-Eaglais Saoire a chumail air adhart na a' chuid a 's mò, uach urrainn ceisd a bhi ann a thaobh cò an àireamh de 'n Eaglais a 's dilse agus a 's coimhlionta a tha ann a bhi 'cumail suas nan stéidh-bheachdan ud. Agus ma thachaireas gu 'n teich trian, bithidh an cumhachd aig gach co-thional air leth breth a thoirt air an son féin, agus am maoin a thoirt leo gus an taobh de 'n eaglais a 's aill leo leantuin, mar an taobh a 's firinniche a tha anns na beachdan agus na crìochan sin a chumail air adhart, ach aig an àm cheudna, bithidh aca ri iocadh do 'n chuid a 's lugha roinn de luach a' mhaoin ud, mar a theid a mheas, a réir an àireimh.

II. A thaobh ionmhais agus maoin na h-Eaglais Aonaichte Presbitereich.

Tha a' Bhuidheann bheag ag iarraidh a bhi ag iomradh gu 'n robh Sgrìobhadh air a chur a stigh a dh' ionnsuidh chléirich na Buidhne mu'n Aonadh 's a' bhliadhna 1865 leis an Eaglais sin, anns am faighear cunntas aithgbearr air an airgid uile, araon anns an Eaglais gu coitchionn, agus ann an àitibh air leth, a thogadh leis an Eaglais air a' bhliadhna 1864, agus gu 'm b' e an t-sùm £251,961, 0t. 8d.; agus gu 'n do chuireadh a mach e mar a tha air aithris ann an sin; bha an t-sùm sin uile gu léir, ach aon earrainn deth, airson cumail suas, air a' bhliadhna, òrduighean, luchd-craobhs-gaoilidh an t-soisgeil, etc., agus gu 'n deachaidh a chaitheamh, agus airgid eile a thogail 'n a àite.

Bha an t-airgid a thogadh air a' bhliadhna mu dheireadh (1867) mu dheich mìle fichead pùnd Sasunnach na 's mò na thogadh air a' bhliadhnu' ud.

Tha mu £23,000 a mach air riadh an tasgaidh air son Ionmhais nam minisdearan sean agus euslan, agus tha e fo chùram chilcadarau a tha 'g a choimhead airson an t-Seanaidh a th' ann aig an àm, "no airson Seanaidh air bith, no Ard-

sheanaidh a dh' fhaodas a bhi air a dheanamh suas leis an t-Seanadh ud, no leis a' chuid a 's mò dheth a bhi 'dol ann an Aonadh ri Seanadh, no ri Ard-sheanadh, no ri Clér de mhinisdearibh agus de Sheanairibh Presbitereach." A' thuilleadh air sin tha £10,500 air riadh airson cuideachadh fhoghlumach 'n an ionnsachadh, a tha air a choimhead le cileadaraibh airson an t-Seanaidh, air an aon dòigh. Agus tha cunntas Fir-coimhid an ionmhais airson na bliadhna 1868 a' nochdadh caochladh sùim eile an làimh airson craobhs-gaoileadh au t-soisgeil, togail thighean mhinisdearan, 'ocadh nam fiachan a th' air co-thionailibh bochda, meudachadh na h-eaglais, a ràinig uile gu léir air timchioll £62,000, a bhitheas air a chaitheamh le cuid 'us cuid. Tha còir aig an t-Seanadh, mar an ceudna, air a chuid a dh' fhanas fo chaochladh thiomnadh aig an tig an t-siùm an uine ghoirid gu làimh. Ruigidh sin mu £25,000, agus caithear e le cuid us cuid airson nan aobharan ud.

Cha-n 'eil a' Bhuidheann bheag comasach, aig an àm, air àireamh nan eaglaisean agus nan tighean mhinisdearan a bhuineas do 'n eaglais so innseadh, no barail a thoirt air an luach.

Tha e r'a fhaicinn o 'n sgrìobhadh air an d' rinneadh iomradh a cheana, gu 'n deachaidh na còirichean-sgrìobhta air an fhearann agus air an aitreibh a bhuineas do na co-thionailibh a dhealbhadh air trì dòighibh eadar-dhealaichte a tha air an cur an cèill gu soilleir ann. Tha na còirichean aig na co-thionailibh a 's sine, mar a 's trice, a deanamh suas còir do 'n cho-thional a mhàin, fo 'n ainm a tha an sin air a thoirt air, a réir an ainme a bh' air an toiseach. Tha roinn mhaith dhiubh sin air an deanamh as ùr, agus ghabh iad an t-ainm a bhuineas doibh a chionn nan aonaidhean a thachair anns an Eaglais.

Ann an earrainn eile, ach earrainn na 's lugha de na co-thionailibh, tha iomradh anns a' chòir-sgrìobhta air Seauadh na h-Eaglais, mar a' bhuidheann aig am bheil an uachdranachd, a leithid agus a dh' fhaodadh bhi, a réir coslais, a' toirt còir air an fhearann agus air na tighean, etc., do 'n cho-thional, cho fad 's a bha iad ann an co-cheangal ris a' bhuidhinn-riaghlaidh ud, agus cha-n ann na 's fhaide.

Tha an tritheamh earrainn de na còirichibh air ulluchadh a réir a h-aoin de dhà dhòigh air am bheil iomradh 's a' sgrìobhadh a chuireadh a stigh, agus a chaidh a dhealbhadh le mòr chùram. Is e a 's crìoch do 'n dà ghnè chòirichean ud a bhi 'ceangal fearann, tighean, etc., ri àireamh shònraichte de 'n cho-thional, ma dh' éirias do eadar-sgarachduinn 'bhi ann, no anns an t-Seanadh, troimh aonaidhibh no aobhairibh eile. Tha na riaghailtean a tha sgrìobhta sìos, le sùil ri a leithid sud a thachartas, eadar-dhealaichte an tomhas beag 's an dà chòir-sgrìobhta, ach tha iad le chèile a' druidealh cùirtean-lagha na tire a mach o bhi a' toirt breth air a' phuinc nu leamhuinn a' cho-thional ri teistean na h-Eaglais 'n a ceud thoiseach, ma 's e 'us gu'n éirich coimhstri.

Cha-n 'eil e an comas na Buidhne a bhi ag innseadh cìod an àireamh de na co-thionailibh a th' ann, aig am bheil na còirichean-sgrìobhta aca air an dealbhadh a réir nan dòighean a chaidh ainmeachadh, mu dheireadh. Tha iad a' meas nach 'eil an àireamh os cionn 200, agus gu bheil a' mhòr chuid de na còirichibh a' ceangal a mhaoin ris a cho-thional, fo 'n ainm a bh' aig air tùs, no fo ainm co-thionail de 'n Eaglais Aonaichte Phresbitereich.

Faodaidh e bhi air aithris gu bheil Dr. R. S. Scott o Mhanchester, ann an litir a dh' ionnsuidh nan ceann-suidhe, ag ràdh, a thaobh maoin na h-Eaglais Aonaichte Presbitereich timchioll Mhanchester, nach urrainn trioblaid 's am bith bhi ann mu na còirichibh a' chionn 'us gu bheil briathran anns a' mhòr chuid de na còirichibh-sgrìobhta, a' toirt saorsa chum a' mhaoin a thoirt seachad do eaglais fhirinnich Phresbitereich air bith, ris am faodadh iad aonadh a dheanamh.

Tha còirichean-sgrìobhta an aitreibh a bhuineas do 'n eaglais ann an sràid na Bànrigh an Dunnéidh, agus ann an sràid Uirginia ann an Glascho, air an cur fo chùram chileadaran airson an t-Seanaidh no an Ard-sheanaidh; agus ma 's e 'us gu 'n éirich eadar-sgarachduinn, airson an t-Seanaidh no an Ard-sheanaidh ris am faod a' chuid a 's mo de na minisdearibh no de na seanairibh, a' toirt an aont' aig an àm, leantuinn.

III. A thaobh ionmhais agus maoui na h-Eaglais Ath-leasaichte Presbitereich. Tha a' Bhuidheann gun fhios aca air staid na h-Eaglais so a thaobh a maoin.

Agus a thaobh nan còirichean, tha e air iarraidh o'n Bhuidhinn amharc ri Sgrìobhadh a chuireadh a stigh chum cleireach na Buidhne mu Aonadh, 's a' bhliadhna 1865, a tha 'leigeadh ris nach do chleachd an Eaglais aon dòigh air a còirichean a dheanamh mach, agus, anns a choitchiann, gu bheil e saor dò gach co-thional air leth na còirichean-sgrìobhta aige a dheanamh mar a 's maith leis, agus gu bheil làn shaorsa aige a dheanamh le a chuid a réir a thoile. Is ann o cheann beagan bhliadhnachau a mhàin a thòisicheadh air ullachadh a dheanamh airson na dh' fhaodadh tachairt anns an Eaglais; ach anns a' chuid a 's mò de na co-thionailibh a chuireadh suas o cheann ghoirid, rinneadh ullachadh airson a' leithid sin a thachartas.

A thaobh nan còirichean-sgrìobhta a 's sine, faodaidh e bhì air a ràdh 's a' chuid a 's trice, gu bheil a' chòir aig a' cho-thional, ach ann am beagan diubh, agus gu h-àraidh anns na còirichibh a sgrìobhadh o cheann ghoirid, tha a' chòir air a deanamh air chumha nach 'eil 'g a fàgail a mhàin fo chumhachd a' cho-thionail.

IV. A thaobh ionmhais agus maoin na h-Eaglais Presbiterich Sasunnaich.

Cha d' thugadh fios 's am bith do 'n Bhuidhinn, a thuilleadh air na thugadh ann an cunntas a chuireadh an clò, agus a chuireadh a stigh chum cleireach na Buidhne mu Aonadh 's a' bhliadhna 1865, a thaobh àireamh an co-thionaillean no maoin na h-Eaglais.

Dhealbhadh a' Chòir-sgrìobhta a thugadh mar eisimpleir 's an Eaglais so, leis an Urramach Eoin Friseil minisdear ann an Louig, ann an Northumberland, agus tha i a nis air a cur fa chomhair na Buidhne; agus faodar a ràdh, gu bheil Mr. Friseil anns an litir a chuir e 'n a cois, ag ràdh gu 'n do chleachd a mhòr chuid de na co-thionailibh 's an Eaglais aca-san i, agus gu bheil seachd eaglaisean ann an Cléir Bheruig as na naoi a th' innte, air am mealtuinn air bhonn na còir ud, agus gu bheil a' mhòr chuid de mhaoin an t-Seanaidh air a shealbhachadh air an aon bhonn.

A réir an dara ni ris am bheil sùil 's a' Chòir-sgrìobhta a thugadh mar eisimpleir 's an Eaglais Phresbiterich Shasunnaich, tha e air a shuidheachadh gur fheadar do na cileadairibh a ghnàth ceadachadh do 'n eaglais, a bhì air a cleachdadh mar ionad aoraidh, a réir nan cumhachan a tha air an cur sìos 's a' chòir-sgrìobhta.

A réir na tritheimh earrainn, tha e air a chur an céill gur fheadar do 'n teagasg a bheirear seachad anns na h-eaglaisibh agus anns na tighibh-sgoile, agus òrduigh-ean na diadhachd air fad a bhì a réir Leabhar-aideachaidh a' chreidimh, agus Leabhraichean Aithghearr agus Farsuinn nan Ceisd, agus Dealbh Riaghlaidh na h-Eaglais ris an d' aontaich an t-Ard-sheanadh 's a' bhliadhna 1643, a réir mar a tha e air a mhìneachadh, ma dh' éireas coimhstri, le Seanadh na h-Eaglais Presbiterich ann an Sasunn, co dhiubh a dh' aonas an Eaglais sin i fhéin no nach aon ri Comuinn de Chrìosduidhibh a tha a' leantuinn ris na h-aon Leabhraichibh-dearbhaidh, agus sin ann an còrdadh ri 'n leithid de riaghailtibh, a thaobh òrduighean, uachdranachd, etc., 's a dh' fhaodas an Seanadh a thoirt a stigh.

Leis an tritheamh earrainn thar fhichead tha e air a chur an céill gur éigin do 'n àireimh a 's mò de na cileadairibh, an uair a theid agradh dhiubh leis an t-Seanadh, atharrachadh a dheanamh air na còirichibh-sgrìobhta, no an cur a thaobh, leasachadh a chur ri, no mughadh a dheanamh orra, agus a leithid a chumhachan ùra 'chur sìos anna 'us a dh' fhaodas an Seanadh òrduchadh, gun amharc air bith bhì ann ris mar bha a' chòir roimhe, no ri cleachdadh a chothionail, no ri 'n riaghladh, no ri ni air bith eile cho fad 'us nach 'eil an t-atharrachadh a' beantuinn ris a' chuid de 'n chòir-sgrìobhta a tha a' suidheachadh an teagaisg a tha gu bhì air a thoirt seachad anns na h-eaglaisibh agus anns na sgoilibh, òrduighean an aoraidh fhollaisich, riaghladh a' cho-thionail, etc.

Tha an ceathramh earrainn thar fhichead a' cur an céill, ma 's e 'us gu 'n rùnaich an Seanadh, Ard-sheanadh no Comunn de 'n Eaglais Phresbiterich ann an Sasunn a chur suas no a leantuinn, leatha fhéin, no ann an co-cheangal ri Eaglais no Eaglaisibh eile a tha a' leantuinn ris na Leabhraichibh-dearbhaidh a chaidh ainmeachadh, agus iad air an suidheachadh ann am Breatuinn, an Eirinn, no an àite air bith eile, bithidh na h-uile breth a bheir an Seanadh fo chumhachd rannsachaidh agus riaghlaidh an Ard-sheanaidh no a' Chomuinn ud, agus bithidh

an cumhachd air am bheil iomradh 's an tritheamh earrainn agus anns an tritheamh earrainn thar fhichead, ann an seilbh au Ard-sheanaidh no a' Chomuinn ud.

Tha an cuigeamh earrainn thar fhichead a' cur an céill, ma 's e 'us gu 'n rùnaich a' leithid a dh' Ard-sheanadh no a Chomunn gu 'n do sguir an Seanadh so no gu 'n sguir e ò sò a mach; agus ma roinneas an t-Ard-sheanadh no an Comunn na cléirean a bhuneas da 'n an dà Sheanadh fo an riaghladh aige, an sin bithidh na comasan agus na cùmhaçhan a tha réir na còir-sgrìobhta ceangailte ris an t-Seanadh, agus ri a cheann-suidhe agus a chléireach, air an ceangal ri Seanadh au àite far am bheil an eaglais agus eile, le làn chomas a 'bhi a' togail chùise 's am bith mu 'n timchioll o Sheanadh an àite 'us a cur fo bhreitheanas an Ard-sheanaidh no a' Chomuinn, far an fheadar di stad gun dol na 's fhaide.



EDINBURGH:

JOHN MACLAREN, 138 PRINCES STREET.

Price 1d., or 7s. per 100.